

Comhairle nan Eilean Siar

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh
Coimhearsnachd

Ullaichte do Choimisean a' Chunntais

an Lùnastal 2006



'S e buidheann reachdail a th' ann an [Sgrùdadh Alba](#) a chaidh a stèidheachadh sa Giblean 2000 fo Achd Ionmhas agus Cunntachalachd Poblach (Alba) 2000. Tha e a' solarachadh sheirbheisean do Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean a' Chunntais. Còmhla tha iad a' dèanamh cinnteach gum bi Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean san earrann poblach an Alba air an toirt gu dìoladh airson maoinen poblach a chleachdadh ann an dòigh iomchaidh, chomasach agus èifeachdach.

Clàr-innse

Clàr-innse	1	Pàirt 4: Dè dh'fheumas a leasachadh?	63
Toradh a' Choimisein	2	Clàr-gnothaich leasachaidh do Chomhairle nan Eilean Siar	66
Sgrùdadh Feabhas Luach	5		
Co-dhùnaidhean iomlan	7		
Pàirt 1: A bheil treòrachadh ro-innleachdail soilleir aig a' chomhairle?	11		
Suidheachadh	11		
Co-fhreagairt feuman nan Eilean Siar	16		
Dealbhadh coimhearsnachd agus obair com-pàirteachas	23		
Cunntalachd agus fosgarrachd	26		
Pàirt 2: A bheil a' chomhairle ullaichte gus leasachadh leantainneach a lìbhrigeadh?	29		
Seirbheis luchd-cleachdaidh agus cùram luchd-cleachdaidh	33		
Cleachdadh stòrais	35		
Co-ionannachd chothroman	42		
Leasachadh seasmhach	43		
Pàirt 3: A bheil a' chomhairle a' lìbhrigeadh seirbheisean poblach nas fheàrr?	46		
Coileanadh seirbheis	46		
Foghlam	48		
Obair shòisealta	53		
Cumail suas choimhearsnachdan	56		

Toradh a' Choimisein

1. Tha a' Choimisean a' gabhail ris an aithisg seo air coileanadh dleastanasan reachdail Chomhairle nan Eilean Siar gus Feabhas Luach a dhèanamh cinnteach agus tòiseachadh agus cuideachadh leis a' phròiseas Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha a' Choimisean a' tuigsinn gu bheil an aithisg a' toirt dealbh farsaing air coileanadh na Comhairle stèidhichte air obair Sgrùdadh Alba agus co-dhùnaidhean bhuidhnean-sgrùdaidh eile agus nach e oidhirp a th' ann air sgrùdadh coileanta air a h-uile libhrigeadh seirbheis. Tha iad a' toirt buidheachas airson a' cho-obrachaidh agus a' chuideachaidh bho bhuill agus oifigearan na comhairle sa mhodh sgrùdaidh.

2. Tha am modh sgrùdaidh Feabhas Luach airson sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh gach comhairle a rèir an t-suidheachadh aice, a' ciallachadh gum bi suidhichidhean sònraichte ann a bhios a' toirt buaidh air a' chomhairle sin daonna. Ann an cùis Chomhairle nan Eilean Siar tha na nithean a tha eadar-dhealaichte mun t-suidheachadh aice a' gabhail a-steach:

- àrainneachd agus cumadh-tìre ag adhbharachadh dùbhlain mòra conaltraidh agus còmhhdail
- àireamh-sluaigh sgapte a' crìonadh gu luath agus a' sìor fhàs nas sine
- fàs mòran nas isle na cuibheasachd san RA agus cosnadh ìosal aig sluagh an àite
- an eaconamaidh an urra ris an roinn phoblach airson obraichean
- eadar-dhealachadh a thaobh bun-structair agus leasachaidh eadar diofar phàirtean den roinn.

Tha na duilgheadasan a tha cumanta do dh'ùghdarrasan ionadail aig na h-Eileanan an Iar cuideachd, gu tric ann an dòighean mòran nas miosa.

3. Tha e a' dèanamh dragh don Choimisean nach urrainn don chomhairle gealltainn aig an àm seo gun dèan i leasachadh leantainneach a bhios air a shnìomh a-steach dha na dòighean-obrach aice. Às aonais seo, 's ann nas doirbhe a dh'fhàsas e don Chomhairle libhrigeadh èifeachdach a thoirt don t-sluagh aice. 'S iad na cùisean iomagain sònraichte a tha againn:

- San ùine bho chaidh ainmeachadh gum biodh tairgseachadh farpaiseach èigneachail a' stad, nach deach modhan Feabhas Luach a dhealbhadh agus a thoirt a-steach
- Cion ullachadh rianachd coileanaidh teann
- Far a bheil e ri fhaotainn, cha toir fiosrachadh air coileanadh, aig a' char as fheàrr, ach dealbh measgaichte de libhrigeadh seirbheis
- Cion buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh

- Cion rianachd corporra agus co-òrdanachaidh ann an solar, goireasan daonna, ICT agus rianachd so-mhaoin
 - Cus aire bhall air cùisean rianachd mionaideach a' fàgail nas lugha ùine airson leasachadh agus libhrigeadh amasan ro-innleachdail
 - Modhan co-dhùnaidh a bheir, ann an cuid de chùisean, bhèato èifeachdach do chomhairlichean fa leth, mar sin a' fàgail iomairtean poileasaidh ro-innleachdail mar dùnadh sgoiltean do-dhèanta am buileachadh
 - Fìor dhroch dhàimh obrach ris a' bhòrd slàinte a tha sinn a' faicinn mar chùis iomagain shònraichte mar thoradh air cho cudromach 's a tha cur an seilbh san roinn phoblach do na h-eileanan, agus deagh riaghladh bhuidhnean san roinn phoblach. Feumar an droch dhàimh seo a leasachadh gun dàil.
4. Ach tha aithne aig a' Choimisean gu bheil grunn bhuannachdan agus neartan aig a' chomhairle air am faodar togail:
- Deagh bhunaitean agus chom-pàirteachadh anns na coimhearsnachdan ionadail
 - ìre mhath fèin-mhothachaidh
 - le buill taghte gnìomhach agus dealasach
 - sealladh do na h-Eileanan an Iar a tha miannach air adhartas, ged nach eil e soilleir gu bheil dòighean libhrigidh èifeachdach agus comasach aice air an son
 - deasbad ann an àrainneachd fhosgailte
 - le com-pàirt shoilleir anns na coimhearsnachdan aca
 - stiùbhartachd ionmhasail agus dòigh-obrach ro-innleachdail airson dealbhadh calpa.
5. Ged a thathar a' toirt àite do shuidheachadh sònraichte nan Eilean Siar feumaidh sinn daingneachadh gu bheil e mar dhleastanas air a' chomhairle ullachadh a dhèanamh agus Feabhas Luach fhaighinn agus am pròiseas Dealbhadh Coimhearsnachd a stiùireadh am measg bhuidhnean poblach agus coimhearsnachd, agus feumaidh a' chomhairle dòigh le barrachd fòcas a ghabhail mus urrainnear a ràdh gu bheil i a' làn choileanadh nan dleastanasan sin. Feumaidh atharrachadh a bhith nas luaithe taobh a-staigh na comhairle agus feumaidh i dòigh-obrach nas èifeachdaiche agus nas rianail airson leasachadh leantainneach mus fhaigh i air dèiligeadh ri na dùbhlain a tha roimhe. Tha e na mhisneachd dhuinn gu bheil a' chomhairle air a' Cheannard ùr a bharrantachadh airson sgrùdadh bun gu bàrr a dhèanamh air mar a tha an t-ùghdarras ag obrachadh, ach dh'iarradh sinn clàr-ama daingeann fhaicinn airson a chrìochnachadh. Ma tha a' chomhairle a' dol a shealltainn gu bheil i a' coileanadh a dleastanasan airson Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd, feumar cumail ris a' chlàr-gnothaich leasachaidh air a gheibhear ann am Pàirt 4 den aithisg le clàr-ama soilleir agus clachan-mìle sònraichte. Mar sin tha sinn a' coimhead air adhart ri

Plana Leasachaidh fhaighinn bhon chomhairle a tha a' toirt stòrasan, dleastanasan agus raointean-ama sònraichte gus an clàr-gnothaich cudromach seo a libhrigeadh.

Sgrùdadh Feabhas Luach

Tha an aithisg seo air a dèanamh le Rianadair Sgrùdaidh a' Choimisean Chunntasan fo earrann 102(1) de Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973. An dèidh beachdachadh air faodaidh an Coimisean aon de na leanas no iad uile a dhèanamh:

- iarraidh air an Rianadair tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh
- rannsachadh a chumail
- aithris a thoirt air na toraidhean aige.

Thug Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003 a-steach dleastanasan ùra co-cheangailte ri Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha raon Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd glè fharsaing ach sa chumantas bidh comhairle a tha soirbheachail:

- ag obair còmhla ri a com-pàirtichean gus seata prìomh-amasan soilleir a chomharrachadh a bhios a' co-fhreagairt feuman na coimhearsnachd anns a' gheàrr-ùine agus an fhad-ùine
- ullachte gus na prìomh-amasan sin a libhrigeadh
- a' coinneachadh ri feuman na coimhearsnachd agus a' dèanamh soilleir gu bheilear gan coinneachadh
- ag obrachadh ann an dòigh a tha a' stiùireadh leasachadh leantainneach anns gach gnìomh.

'S e an dùbhlán do riaghaltas ionadail a bhith a' lorg dhòighean ùra air obrachadh thar sheirbheisean agus còmhla ri buidhnean eile gus na toraidhean as fheàrr a choileanadh don phoball agus luchd-cleachdaidh sheirbheisean. B' iad prìomh amasan an sgrùdaidh seo:

- measadh air an ìre gu bheil Comhairle nan Eilean Siar a' coinneachadh ri a dleastanasan fo Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003 agus
- tighinn gu aonta leis a' chomhairle mu leasachaidhean a tha san amharc. Bidh iad sin air an ath-bhreithneachadh le neach-sgrùdaidh ionadail na comhairle bhon taobh a-muigh thar nan trì bliadhna ri teachd.

Le Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd a' gabhail a-steach gach obair a bhuineas do chomhairle cha bhiodh e prataigeach sgrùdadh domhain a dhèanamh air a h-uile nì, agus mar sin bidh sinn a' dealbh ar n-obair mionaideach ann an dà dhòigh:

- Far am bi e comasach, bidh sinn a' dèanamh feum de thoradh mhodhan sgrùdaidh eile, mar obair luchd-sgrùdaidh chunntasan agus eile a bhios a' Chomhairle a' cleachdadh bhon taobh a-muigh. Tha iad sin air an gabhail a-steach san aithisg againn.
- Bidh sinn a' taghadh pàirtean de choileanadh na comhairle airson sgrùdadh chunntasan mionaideach. Tha fiosrachadh airson an taghaidh seo air a thoirt à iomadh àite, a' gabhail a-steach measadh na comhairle fhèin air a coileanadh, aithisgean sgrùdaidhean cunntais agus eile bhon taobh a-muigh agus Comharran Coileanaidh Reachdail nàiseanta.

Tha an dòigh roghnach seo follaiseach san aithisg, le aithris mhionaideach air cuid de roinnean agus beagan air feadhainn eile. Ged a tha sinn air beagan coimeis a dhèanamh ri comhairlean eile, chuir ar dòigh-obrachaidh iomlan cudrom air gluasadan coileanaidh agus leasachadh taobh a-staigh Comhairle nan Eilean Siar. Tha an aithisg a' comharrachadh cuideachd an dealbh a bha againn aig an àm a chaidh ar prìomh obair sgrùdaidh a dhèanamh eadar Dùbhlachd 2005 agus Màrt 2006.

Chuir sinn fìor mheas air a' cho-obrachadh, a' chuideachadh agus an aigheachd a fhuair an Sgioba Sgrùdaidh bhon Chomhairliche Ailig A Dòmhnallach, Neach-gairm na Comhairle; Comhairliche Aonghas Caimbeul, Iar-neach-gairm; Malcolm Burr, Ceannard; Andrew Mackenzie, Stiùiriche Òs-sgioba Ro-innleachd; agus bho gach ball taghte agus neach-obrach eile a bha an sàs ann. Tha sinn a' cur meas cuideachd air riochdairean bhuidhnean coimhearsnachd agus com-pàirtichean coimhearsnachd na comhairle a bha deònach pàirt a ghabhail san sgrùdadh.

Co-dhùnaidhean iomlan

Tha pàirt ro-chudromach aig Comhairle nan Eilean Siar ann an soirbheas na roinne aice, agus tha bunaithean làidir aice anns a' choimhearsnachd ionadail. Thog i ìre agus cothrom air seirbheisean ionadail thar nan Eilean Siar bho àite-tòiseachaidh fìor ìosal, agus tha a h-amas fhad-ùine a' faighinn taic bho bhuill bheothail agus luchd-obrach dealasach.

Ach, chan eil fìor phlanaichean airson an amas seo a choileanadh glè adhartach agus ged a tha cuid de na bunaithean air an stèidheachadh, cha robh seasmhachd agus structair anns an dòigh san do chuir a' chomhairle aghaidh air Feabhas Luach.

Feumaidh a' chomhairle dòigh èifeachdach agus eagarach a dhealbh airson leasachadh seirbheis leantainneach. Gus dèiligeadh ri clàr-gnothaich dùbhlach, feumar dòigh nas cinntiche airson Feabhas Luach agus feumaidh a' chomhairle leasachadh a dhèanamh air smachd corporra, mar eisimpleir anns an dòigh a bhios i a' cleachdadh rianachd coileanaidh, agus buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh airson coinneachadh ri a h-amasan. Feumaidh buill thaghte agus àrd-luchd-stiùiridh barrachd cudruim a chur air leasachadh poileasaidh agus stiùireadh ro-innleachdail air Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd.

1. Gu tric bidh dùbhlain sònraichte an cois libhrigeadh sheirbheisean poblach anns na h-Eileanan Siar:
 - Tha an àrainneachd agus an cumadh-tìre ag adhbharachadh dùbhlain mòra conaltraidh agus còmhhdail.
 - Tha an àireamh-sluaigh beag, sgapte a' crìonadh agus a' fàs nas sine.
 - Tha fàs eaconamach mòran nas ìsle na cuibheasachd san RA agus 's e cosnadh ìosal a th' aig sluagh an àite.
 - Tha an eaconamaidh gu mòr an urra ris an roinn phoblach airson obraichean.
 - Tha na duilgheadasan a tha cumanta do dh'ùghdarrasan ionadail a' bualadh nas motha air na h-Eileanan Siar.
2. Ro ath-eagrachadh riaghaltas ionadail ann an 1974, bha na h-eileanan air an roinn eadar dà rianachd ùghdarras ionadail eadar-dhealaichte. Bhon àm sin b' e aon de phrìomh-amasan cudromach na comhairle aonadach a bhith a' lùghdachadh an fhìor eadar-dhealachadh bun-structair agus leasachaidh a bha follaiseach aig an àm sin eadar tuath agus deas. Chaidh adhartas mòr a dhèanamh thar nam bliadhnachan, ach gu tric bho àite-tòiseachaidh glè ìosal no neo-bhitheach ('*bho Thaighean-dubha gu bann leathann ann an trithead bliadhna*'). Chuir mòran de dh'oidhirp na comhairle cudrom air coimhearsnachdan lag a chumail a' dol, bun-ìrean libhrigeadh seirbheis a bhith aig a h-uile duine anns na h-Eileanan Siar agus togail dearbh-aithne singilte soilleir airson na roinne.

3. Feumaidh atharrachadh a bhith nas luaithe taobh a-staigh na comhairle agus feumaidh i dòigh-obrach nas èifeachdaiche agus nas rianail airson leasachadh leantainneach. Cha robh an seasmhachd agus an structair anns an dòigh-obrach airson feabhas luach a dh'fheumar gus aghaidh a chur air prìomh dhùbhlain, taic a thoirt do choileanadh amasan poileasaidh no seirbheisean do mhuintir an àite a leasachadh. Tha grunn bheàrnan cudromach ann a tha ag iarraidh aire:
- Feumaidh a' chomhairle aghaidh a chur gun dàil air a h-uallaichean co-cheangailte ri rianachd coileanadh èifeachdach agus leasachadh leantainneach air seirbheisean. Às aonais ullachadh rianachd coileanadh chan urrainn don chomhairle a bhith a' sealltainn comas agus èifeachdas a libhrigeadh seirbheis. Tha an àireamh àrd de Chomharran Coileanadh Reachdail (SPlan) le dàta neo-earbsach na fhianais air cion dealais airson rianachd coileanadh agus tha sin na chùis iomagain shònraichte.
 - Le na dùbhlain a tha mu choinneamh na comhairle, tha e riatanach gum bi i a' cleachdadh mòran de neart agus stòrasan gu h-èifeachdach air ceàrnaidhean le prìomhachas agus a' dealbh dòigh-obrach airson buidseatadh teachd-a-steach air a stiùireadh le poileasaidh.
 - Feumar cothroman agus fiosrachadh nas fheàrr a thoirt do buill thaghte gus am faigh iad air beachdachadh air leasachadh poileasaidh ro-innleachdail agus adhartas a sgrùdadh ri amasan corporra agus seirbheis.
 - Feumar dòigh co-chomhairleachaidh nas rianaile seach a bhith cus an urra ri prìomh luchd-obrach agus ullachadh neo-fhoirmeil.
 - Feumar leasachaidhean mòra ann an rianachd corporra agus co-òrdanachadh, a' gabhail a-steach:
 - siostam airson measadh stiùirichean a bheir fòcas corporra agus comasan luchd-stiùiridh
 - dòigh ro-innleachdail agus nas corporra airson solair, goireasan daonna, ICT agus rianachd so-mhaoin
 - cumail nas motha ri modhan aontaichte airson Sgrùdaidhean Feabhas Luach gus am bi dùbhlain agus leasachadh èifeachdach cinnteach.
 - Tha coileanadh seirbheis air feadh na comhairle measgaichte. Tha cuid de roinnean, mar coileanadh foghlaim, leasachadh eaconamach agus còmh-dhail math, ach sa chumantas chan eil ìrean coileanadh a' cumail suas ri ùghdarrasan ionadail eile, agus cha d' fhuair leasachadh seirbheis prìomhachas iomchaidh.
4. 'S urrainn don chomhairle togail air grunn neartan a' gabhail a-steach:

- ìre mhath fèin-mhothachaidh gu h-àraidh a thaobh prìomh-amasan nan Eilean Siar
 - stiùireadh le buill thaghte beothail agus dealasach a tha fìor fhollaiseach
 - dlùth chom-pàirt ann an coimhearsnachdan agus tuigse air an t-suidheachadh anns a bheil daoine beò
 - sealladh airson nan Eilean Siar a chithear ann an ro-innleachdan agus planaichean na comhairle
 - mòran deasbaid ann an àrainneachd fhosgailte agus fhollaiseach
 - luchd-obrach aig a bheil com-pàirt shoilleir anns na coimhearsnachdan aca
 - stiùbhartachd ionmhasail èifeachdach agus dòigh-obrach ro-innleachdail airson dealbhadh calpa.
5. Tha a' chomhairle air sealltainn cuideachd nuair a tha a neart agus a stòrasan air an cur gu ceàrnaidhean le prìomhachas, gun gabh fìor leasachaidhean a dhèanamh. Mar eisimpleir, tha ceanglaichean corporra agus còmhhdail air an stèidheachadh eadar diofar choimhearsnachdan nan Eilean, tha làn fhoghlam àrd-sgoile a-nis ri fhaotainn ann an eileanan Bharraigh, na Hearadh agus Uibhist, agus gheibh a h-uile sgoilear anns na h-Eileanan Siar dhachaigh gach feasgar an àite a bhith nan luchd-còmhnaidh. O chionn ghoirid chuir a' chomhairle agus a com-pàirtichean cudrom sònraichte air clàr-gnothaich gus seasmhachd a thoirt do na h-Eileanan Siar agus cur an seilbh annta airson na h-ama ri teachd tro phròiseactan a tha a' toirt taic do leasachadh bun-structair sòisealta, cumhachd ath-nuadhachail, sgaoileadh a-mach bann leathann, turasachd agus dualchas cultarail agus nàdarra nan Eilean. Tha modhan libhrigeadh seirbheis ionadail nas amalaichte gan toirt a-steach cuideachd.
6. Tha a' chomhairle aig ìre chudromach san leasachadh aice. Thòisich ceannard ùr san dhreuchd fhad 's a bha an sgrùdadh a' dol agus tha e air ùine a thoirt a' faighinn eòlas air a' bhuidheann agus luchd-com-pàirt mar buill, luchd-obrach agus com-pàirtichean. Tha seo air tòiseachadh a' toirt buaidh fhad 's a tha a' chomhairle a' feuchainn ri leasachadh a dhèanamh air buileachadh amasan corporra. Tha an ceannard air a bharrantachadh gus sgrùdadh bun gu bàrr a dhèanamh air a' chomhairle, a' gabhail a-steach nan structairean agus modhan poileataigeach agus riaghlaidh. Bha leasachaidhean ann an ìrean rianachd bunaiteach agus fiosrachadh rianachd na b' fheàrr air an comharrachadh roimhe mar phrìomh riatanasan agus tha dùil aice cudrom nas làidire a chur air co-òrdanachadh agus cur an gnìomh poileasaidhean na comhairle. Gabhaidh seo a-steach stiùireadh corporra nas èifeachdaiche air àrd-luchd-stiùiridh. Tha seo co-chòrdail ri na tha buill thaghte a' faireachdainn a dh'fheumar airson gum bi a' chomhairle nas soirbheachail. Tha prìomh chomhairlichean agus an ceannard

ùr mothachail air na tha prionnsabalan agus siostaman feabhas luach comasach air a chur ri na cùisean sin.

7. Tha iomairtean eile ann cuideachd a bheir buaidh air a' chomhairle san àm ri teachd mar gluasad thairis taigheadas, stèidheachadh ullachadh airson Com-pàirteachas Slàinte Coimhearsnachd agus Cùram Sòisealta agus deasbad mu ath-dhealbh sheirbheisean poblach ionadail a tha a' gabhail àite air feadh na dùthcha. Mar sin tha e riatanach gun gabh a' chomhairle an cothrom a neart a chur ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil i comasach air a prìomh-amasan a choileanadh. Iarraidh seo comas air obrachadh nas fheàrr còmhla ri prìomh chom-pàirtichean eile. Ged a tha dàimh mhath aice ri grunn bhuidhnean, chan eil ri Bòrd Slàinte nan Eilean Siar agus feumaidh an dà bhuidheann dòigh-obrach nas fheumaile a lorg airson math sluagh an àite.

Pàirt 1: A bheil treòrachadh ro-innleachdail soilleir aig a' chomhairle?

Tha an àrainneachd, an lùghdachadh air àireamh-sluaigh agus na nithean sòisio-eaconamach a bhuineas do na h-Eileanan Siar a' toirt suidheachadh dùbhlach don riaghaltas ionadail aice. Tha sealladh aig a' chomhairle agus a com-pàirtichean airson nan h-Eilean Siar agus tha iad a' dèanamh beagan adhartais a dh'ionnsaigh seo, ach feumar leasachaidhean gus dòighean fhaighinn air measadh a dhèanamh air buaidh na tha a' tachairt.

Tha buill na comhairle, oifigearan agus sluagh nan Eilean Siar fìor dhealasach mu bhith a' cumail suas nan coimhearsnachdan aca. San fharsaingeachd tha co-aontachd air feuman na roinne agus air ciamar a bu chòir aghaidh a chur orra.

Suidheachadh

Tha iomadh dùbhlach mu choinneamh roinn nan Eilean Siar, gu sònraichte lùghdachadh ann an àireamh-sluaigh agus eaconamaidh lag a tha gu mòr an eisimeil na roinn phoblaich.

8. 'S e sèine de dh'eileanan a th' anns na h-Eileanan Siar, no Innse Gall, a-mach bho chladach Iar-thuath tìr-mòr na h-Alba air an dèanamh suas de Leòdhas agus na Hearadh anns a' cheann a tuath agus na h-eileanan a deas a' gabhail a-steach Uibhist a Tuath, Beinn na Fadhlà, Uibhist a Deas agus Barraigh. Le fearann iomlan de 290,000 heactairean, tha na h-eileanan 210km a dh'fhaid bho Rubha Robhanais anns a' cheann a tuath gu eileanan beaga, neo-àitichte Bheàrnaraigh agus Mhiughalaigh anns a' cheann a deas. Tha àrainnean nàdarra fìor chudromach anns an roinn agus dualchas àrainneachd torrach le grunn cheàrnaidhean air an sònrachadh airson adhbharan glèidhteachais. Tha an siostam gabhaltas fearainn air a dhèanamh suas de chroitreachd agus monadh coitcheann.
9. Tha 26,370 duine a' fuireach anns na h-Eileanan Siar, an treas àireamh-sluaigh as ìsle de dh'ùghdarras ionadail sam bith an Alba. Tha an sgaoileadh-sluaigh mì-chothromach, le timcheall air 18,500 den àireamh-sluaigh ann an Leòdhas agus mu 2,000 na nas lugha anns na h-eileanan eile. 'S e Steòrnabhagh an t-aon bhaile mòr anns na h-eileanan le mu 8,000 den t-sluagh iomlan a' fuireach ann. Tha sluagh nan Eilean Siar sgapte leis an dara dùmhlachd-sluaigh as ìsle den h-uile ùghdarras ionadail an Alba aig naoinear gach km².

10. Thuit àireamh-sluaigh nan Eilean Siar gu mòr thar na linn a chaidh seachad agus bhon àm sin, bha an lùghdachadh ann an àireamh-sluaigh eadar 1991 agus 2001 (9.8 sa cheud) na b' àirde na ùghdarras ionadail sam bith eile ann an Alba. Tha ro-mheasaidhean air àireamh-sluaigh aig an àm seo a' sealltainn gu bheil seo fhathast na uallach trom. Tha sùil gun tèid an àireamh-sluaigh sìos 15 sa cheud eile ro 2024, an dara call sluaigh as àirde ris a bheil dùil de roinn ùghdarras ionadail an Alba.

Eisimpleir 1

Na h-Eileanan Siar



Bun: Comhairle nan Eilean Siar

11. Tha grunn dhùbhlain deamografach mu choinneamh nan Eilean Siar cuideachd. Tha an slugh aig aois obrach nas ìsle na airson Alba gu h-iomlan agus tha barrachd dhaoine anns na buidhnean aoise 60-74 agus 75+ na a' chuibheasachd nàiseanta. A rèir ro-mheasaidhean air àireamh-sluaigh bidh lùghdachadh 31 sa cheud anns a' bhuidheann aoise 0-15 ro 2024, agus lùghdachadh 21 sa cheud anns an t-sluagh aig aois obrach. A rèir sin, thathar a' sùileachadh gum bi meudachadh mòr anns an àireamh de sheann daoine. Chan e na h-Eileanan Siar nan aonar a tha mar seo ach tha an t-atharrachadh deamografach anns na h-Eileanan Siar nas mothachail na a' chuibheasachd nàiseanta. 'S e cumail suas choimhearsnachdan nan Eilean Siar aon de na dùbhlain as motha a tha aig a' chomhairle.

12. 'S e coimhearsnachd dà-chànanach a th' anns na h-Eileanan Siar. Tha 'beagan comais ann an Gàidhlig' aig mu 72 sa cheud de luchd-còmhnaidh nan eilean, an coimeas ri dithis sa cheud airson Alba gu h-iomlan. 'S e luchd-labhairt Gàidhlig a th' ann an timcheall air 60 sa cheud den àireamh-sluaigh, an coimeas ri cuibheasachd an Alba de aon duine sa cheud. Tha a' chuibhreann de mhion-shluagh mòran nas ìsle na cuibheasachd an Alba.

13. Tha seasmhachd eaconamach na prìomh chùis anns na h-Eileanan Siar. Bha Làn-thoradh Dùthchail (GRDP) nan Eilean Siar, tomhas air obair eaconamach taobh a-staigh na roinne, air a mheas a bhith 66 sa cheud de cho-chothrom na RA ann an 2003. Chunnaic eaconamaidh nan Eilean Siar fàs 2.5 sa cheud an da rìribh bho 1997 ach tha seo nas ìsle na san RA gu h-iomlan. Tha na h-Eileanan Siar gu mòr an urra ri gnìomhachasan bunaiteach mar iasgach agus tuathanachas èisg agus an roinn phoblach. 'S ann san roinn phoblach a tha 29 sa cheud de chosnaidhean. Tha na tha turasachd a' cur ri GRDP a' sìor fhàs bho 1997. Ach, tha an àireamh sa cheud de dh'obraichean ann an ionmhas agus gnìomhachas nas lugha na dara leth na cuibheasachd nàiseanta agus tha an urra ri beagan roinnean a' fàgail na h-eaconamaidh fosgailte do chaochlaideachd sa mhargadh.


14. 'S e còmhdhail dùbhlàn eile a tha aig na h-eileanan agus faodaidh e a bhith na phrìomh phàirt de leasachadh eaconamach choimhearsnachdan. Taobh a-staigh nan eilean thàinig na ceanglaichean còmhdhail air adhart gu mòr thar nam bliadhnan mu dheireadh le leasachadh air an lionradh rathaidean, togail chabhsairean gus grunn de na h-eileanan a cheangal ri chèile agus beagan amalachaidh air còmhdhail poblach. Tha aiseagan eadar-eilean a' ceangal Uibhist a Tuath agus Beàrnaraigh ri na Hearadh agus Barraigh ri Èirisgeigh. Tha ceangal aiseig cuideachd bho Barraigh gu Uibhist a Deas. 'S e rathaidean singilte a tha fhathast ann am mòran den lionradh rathaid airtearail agus le sgoileadh-sluaigh sgapte tha eadhon cuid de na prìomh bhailtean beag agus le cion ghoireasan. Tha còmhdhail eadar na h-Eileanan Siar agus tìr-mòr daor agus an urra ri siubhal air plèana no bàta. Tha puirt-adhair ann an Steòrnabhagh, Beinn na Fadhla agus Barraigh a' ceangal nan eilean agus tìr-mòr.

15. Tha cion cosnaidh nas ìsle na cuibheasachd an Alba, agus tha cosnaidhean meadhanail cuideachd nas ìsle na cuibheasachd an Alba. Tha seo cudromach oir tha prìsean a' bhidhe agus a' chonnaidh mu 15 sa cheud nas àirde na prìsean ann am bailtean thìr-mòr. Sheall an Rannsachadh Staid Thaighean an Alba 2002 gun robh ìrean bochdainn connaidh anns na h-Eileanan Siar nas àirde na anns a' chòrr de dh'Alba (34 sa cheud an coimeas ri 13 sa cheud) ach chaidh seo sìos anns na bliadhnan mu dheireadh.

16. Tha àite cudromach aig creideamh anns na h-Eileanan Siar. Tha mòran eaglaisean Crìosdaidh ann, le barrachd Phròstanaich ann am Beinn na Fadhla agus Uibhist a Tuath anns a' cheann a tuath, agus barrachd Chaitligich ann an Uibhist a Deas agus Barraigh anns a' cheann a deas. Bidh pàirt aig pearsachan-eaglais ann am buidhnean coimhearsnachd. Tha buaidh aig creideamh air cuid de phoileasaidhean na comhairle agus air an dòigh anns a bheil i a' libhrigeadh sheirbheisean ann am pàirtean de na h-eileanan.
17. Tha ìomhaigh taigheadais sònraichte anns na h-Eileanan Siar. A rèir chunntas-sluaigh 2001, bha 15 sa cheud de thaighean falamh. Bha mu dhara leth dhiubh sin nan dara dachaigh no dachaighean airson saor-làithean ach bha mu sheachd sa cheud den taigheadas iomlan daonnan falamh. Tha mu 72 sa cheud de thaighean le sealbhadair-còmhnaiche agus tha seo nas àirde na an ìre chuibheasach. Tha meud theaghlaichean co-ionann ris a' chuibheasachd nàiseanta. Tha cuibhreann nas motha de thaighean-còmhnaidh ann am bann cìs chomhairle 'A' na an ìre chuibheasach (36 sa cheud an coimeas ri 24 sa cheud) agus tha cuibhreann nas ìsle ann am bannan F gu H na an ìre chuibheasach (aon sa cheud an coimeas ri 11 sa cheud). 'S ann aig a' chomhairle a tha an ìre cìs chomhairle 'B' agus 'D' as ìsle ann an Alba aig £999 (2006/07). Ach, tha am màl chuibheasach gach seachdain nas àirde na an ìre chuibheasach.
18. Ann an 2004/05 bha caiteachas teachd-a-steach lom na comhairle aig £94.7 millean. 'S e caiteachas lom gach neach £3,606, an dara ìre as àirde ann an Alba, agus tha 2,400 luchd-obrach aig a' chomhairle. Tha [Eisimpleir 2](#) a' comharrachadh na cosgais air teachd-a-steach air gach seirbheis ann an 2004/05.

Eisimpleir 2

Caiteachas lom na comhairle a rèir seirbheis



Bun: Cunntas Teachd-a-steach Cruinnichte air a thoirt bho Gheàrr-chunntas air Cunntasan Chomhairle nan Eilean Siar airson na bliadhna 1 Giblean 2004 gu 31 Màrt 2005

19. Tha a' chomhairle neo-eisimeileach le 31 buill thaghte (24 neo-eisimeileach, ceathrar Làbarach agus trìuir Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba). Chan eil buidheann 'rianachd' idir ann agus bidh buill a' beachdachadh, a' deasbad agus a' bhòtadh air molaidhean air stèidh cùis ma seach.
20. Tha an structair riaghlaidh poileataigeach air a dhèanamh suas den chomhairle; Comataidh Poileasaidh agus Stòrais; agus comataidhean airson ealain agus cur-seachad, sgrùdadh is rannsachadh, seirbheisean foghlaim is chloinne, seirbheisean na h-àrainneachd, taigheadas, obair shòisealta, leasachadh seasmhach, còmh-dhail agus bòrd malairteach a tha a' dèiligeadh ri grunn de na h-obraichean malairteach. Tha fo-chomataidhean agus pannalan agus Buidhnean-obrach Ball Oifigeir (MOWGan) aig a' chomhairle cuideachd. 'S e an neach-gairm agus an t-iar-neach-gairm, a tha cuideachd na chathraiche air comataidh poileasaidh agus stòrais a bhios a' toirt stiùireadh corporra.

21. 'S e structair riaghlaidh traidiseanta a th' aig a' chomhairle le roinnean a' gabhail a-steach oifis a' cheannaird, foghlam, taigheadas, ionmhas, obair shòisealta agus seirbheisean teicnigeach. Tha roinnean aig a' chomhairle cuideachd airson seirbheisean corporra (laghail agus deamocratach, teicneòlas fiosrachaidh, goireasan daonna, prìomh sheirbheisean agus obraichean malairteach) agus coimhearsnachdan seasmhach. Tha roinnean coimhearsnachdan seasmhach a' gabhail a-steach iomadh seòrsa dleastanas mar cur-seachad agus ionnsachadh, glanadh, seirbheisean slàinte agus luchd-cleachdaidh, seirbheisean leasachaidh agus leasachadh eaconamach.
22. Tha ceannard ùr air a bhith san dreuchd bho Samhain 2005 agus tha a' chomhairle air a bharrantachadh airson 'sgrùdadh bun gu bàrr' air a' bhuidheann gus beachdachadh air structairean poileataigeach agus riaghlaidh còmhla ri nithean eile. Bha seo air tòiseachadh aig àm an sgrùdaidh agus tha dùil aige cunntas a thoirt air ann am foghar 2006. Tha a' chomhairle a' coimhead an sgrùdadh feabhas luach mar chothrom eile air fiosrachadh fhaighinn don sgrùdadh seo.

Co-fhreagairt feuman nan Eilean Siar

Buinidh na prìomh dhùbhlain airson nan Eilean Siar do àireamh-sluaigh a tha a' crìonadh agus eaconamaidh lag a tha an urra ris an roinn phoblach. Tha a' chomhairle air ìre agus cothrom air seirbheisean àrdachadh mean air mhean thar nan trithead bliadhna a chaidh seachad, bho àite-tòiseachaidh glè ìosal.

23. Tha e soilleir gu bheil iomadh dùbhlain mu choinneamh nan Eilean Siar agus mar sin mu choinneamh na comhairle agus a com-pàirtichean. Chaidh roinn rianachd nan Eilean Siar a chruthachadh ann an 1975 à pàirtean de Chomhairle Siorrachd Rois agus Chrombaidh anns a' cheann a tuath agus Comhairle Siorrachd Inbhir Nis anns a' cheann a deas. O chionn trithead bliadhna bha eadar-dhealachadh mòr ann an seirbheisean eadar na h-eileanan a tuath agus na h-eileanan a deas agus thòisich a' chomhairle bho bhunaidh mòran nas ìsle na iomadh ùghdarras ionadail eile. Thar nan trithead bliadhna a chaidh seachad tha a' chomhairle air a bhith a' cur cudrom air ullachadh sheirbheisean agus bun-structair bunaiteach agus gluasad a dh'ionnsaigh ullachadh nas cothromaiche air seirbheisean thar nan Eilean Siar. Tha a' chomhairle air adhartas mòr a dhèanamh thar na h-ùine seo agus air mothachadh air 'aonachd' a stèidheachadh le bhith a' ceangal nan eilean ri chèile.
24. Tha mòran den obair air aire shònraichte a thoirt do chonaltradh corporra agus leasachadh cheanglaichean còmhdaidh. Ghabh seo a-steach ceangal nan eilean ri chèile agus ri tìr-mòr, tro mheasgachadh de cheanglaichean adhair agus aiseig, an t-slighe cnàimh-droma, drochaidean agus cabhsairean agus busaichean ionadail. Leis an àireamh-sluaigh a' lùghdachadh agus a' fàs sean, tha a' chomhairle agus a com-pàirtichean a-nis a' cur cudrom air clàr-gnothaich airson seasmhachd do na h-Eileanan

Siar, tro phrìomh phròiseactan suaicheanta stèidhichte air cumhachd ath-nuadhachail agus bann leathann.

25. Tha a' chomhairle agus a com-pàirtichean air am prìomh-amasan a chomharrachadh agus san fharsaingeachd tha co-aontachd orra sin. Tha dearbhadh ann cuideachd gu bheil a' chomhairle, ann an com-pàirteachas ri buidhnean eile, agus le bhith a' faighinn maoiniachadh bhon taobh a-muigh air leasachaidhean cudromach a choileanadh do na h-Eileanan Siar. Mar eisimpleir tha leasachadh nan ceanglaichean còmhdaidh agus àrd-sgoiltean AS1 – AS6 air an Tairbeart, Lìonacleit agus Bàgh a' Chaisteil a' ciallachadh gum faigh a h-uile pàiste dhachaigh airson na h-oidhche an dèidh an latha san sgoil agus nach eil aca ri fuireach ann an ostail tron t-seachdain, mar a dh'fheumadh iomadh sgoilear roimhe.
26. 'S ann slaodach a tha atharrachadh a' tighinn. Tha dearbhadh air beagan leasachaidhean air seirbheisean, ach gun toir iad sin nas fhaide tachairt na ann an ceàrnaidhean eile. Tha fios gu bheil tomhas de bhuaidh aig àite-tòiseachaidh ìosal na comhairle air agus, ged a tha deagh mhothachadh aig a' chomhairle air dè dh'fheumas atharrachadh, tha a comas air na leasachaidhean sin a libhrigeadh cuibhrichte agus 's dòcha ag iarraidh ùine mhòr.

Sealladh

Tha amas adhartach aig a' chomhairle agus a com-pàirtichean do na h-Eileanan Siar, a tha air a chur an cèill gu soilleir anns gach plana agus ro-innleachd meadhan-ùine agus fad-ùine. Ach, tha beàrn mòr anna sin a thaobh leasachadh sheirbheisean bunaiteach làitheil ann an co-rèir ri feuman sònraichte choimhearsnachdan ionadail.

27. Tha an amas fhad-ùine airson nan Eilean Siar air a chur an cèill ann am Plana Coimhearsnachd Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd nan Eilean Siar ([Eisimpleir 3](#)). Tha am plana a' 'dian ghluasad' gu staid ri teachd far a bheil e a' sealltainn an adhartais a rinneadh thar nan caogad bliadhna bho thoiseach nam mìle bliadhna.

Eisimpleir 3

Càit am faodadh sinn a bhith ann an 2050

'An-diugh ann an 2050 tha e doirbh a chreidsinn gun robh iomadh duine a' bruidhinn aig toiseach nam mìle bliadhna air èiginn eaconamach agus ìsleachadh nan eilean againn. Aig an àm sin bha Dealbhadh Coimhearsnachd ùr. Bha làn bhuannachdan dòigh com-pàirteachais airson leasachadh nan Eilean Siar na shealladh nach robh air a thoirt gu buil. 'S fhiach cuimhneachadh air cuid de na buannachdan mòra a thàinig an dèidh a' chiad Phlana Coimhearsnachd againn:

- Leasachadh cumhachd ath-nuadhachail a dh'atharraich ar n-eileanan gu às-mhalairt lom air dealan ath-nuadhachail gu tìr-mòr na RA agus cuideachd a chruthaich gnìomhachas às-mhalairt soirbheachail ann an togail roth-uidheaman-gaoithe agus innealan cumhachd-tuinne.
- Na ceanglaichean bann leathann eleactronaigeach a thug cothrom do na h-eileanan deagh dhealbhan a chur air feadh an t-saoghail às an Ionad Craolaidh Didseatach Gàidhlig ann an Steòrnabhagh.
- Leasachadh gnìomhachasan cur-seachad, ionadan spòrs mara agus tachartasan ainmeil mar Co-fharpais Surfaidh an t-Saoghail agus Rèis nan Eilean gach bliadhna.
- Atharrachadh ann an croitearachd co-cheangailte ri àiteach bhàrr ùra a' gabhail a-steach duilleag-bhàite, meacain agus buntàta airson sìol-cur agus stèidheachadh a' Chochomann Biadh Seasmhach còmhla ri leasachadh ainm nan Eilean Siar airson deagh bhradan, mhaorach agus uan-fheòil.
- Stèiseanan Rannsachaidh nan Oilthigh a' rannsachadh obair maoraich & a' chiad Chathraiche air Cumhachd Ath-nuadhachail aig Oilthigh na Gàidhealtachd ann an Steòrnabhagh.
- Gnìomhachas turasachd beothail, gnìomhachas aodaich air ath-bheothachadh agus cànan agus cultar Gàidhlig soirbheachail a chuidich a' cur ris an àireamh de dhaoine a tha a' roghnachadh a bhith a' fuireach no a' tadhal anns na h-eileanan.'

Bun: Plana Coimhearsnachd nan Eilean Siar

28. Tha am plana coimhearsnachd a' mìneachadh mar a tha na com-pàirtichean ag amas air 'cruthachadh coimhearsnachd shoirbheachail agus fhallain stèidhichte air prionnsabal leasachadh seasmhach tro urram do àrainneachd nàdair agus dualchasan cultarail nan Eilean Siar'. Tha am plana cuideachd a' comharrachadh nam prìomh-amasan gnìomha airson a' chom-pàirteachais timcheall air; an eaconamaidh, soirbheas na coimhearsnachd, cultar agus dualchas, foghlam fad-beatha agus 'dèanamh cinnteach gum mair na nì sinn'.

Cruthachadh coimhearsnachdan ri teachd

29. Tha co-aontachd am measg bhall, oifigearan agus buidhnean com-pàirteachais gur e cudrom air seasmhachd nan Eilean Siar an amas a dh'fheumas iad a chur air toiseach san obair aca. Tha amasan a' chom-pàirteachais air an leudachadh anns an ro-innleachd *Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd*, a bha air fhoillseachadh ann an

2002 agus air ùrachadh ann an 2005. Tha amas coitcheann anns an ro-innleachd airson ath-bheothachadh nan Eilean Siar. Mar am Plana Coimhearsnachd, tha an ro-innleachd a' mineachadh 'staid ri teachd' ann an 2010, far a bheil mar eisimpleir 'in-imrich soilleir air tòiseachadh agus àrdachadh follaiseach san àireamh-sluaigh, cumhachd ath-nuadhachail a' toirt cosnadh do mhòran agus a' cur ris an eaconamaidh' agus 'cothrom aig na h-uile air Bann-leathann agus mòran ga chleachdadh'.

30. Tha an ro-innleachd a' comharrachadh gur e na sia prìomh iomairtean airson an ro-innleachd a choileanadh; ùr-ghnàthachadh cumhachd ath-nuadhachail, bann leathann, turasachd, cultar & dualchas, bun-structair gnìomhachais agus sgaoileadh obrach, agus Oilthigh na Gàidhealtachd (le Colaisde a' Chaisteil ann an Steòrnabhagh na com-pàirtiche).
31. Tha amasan co-cheangailte ri gach iomairt fa leth a tha an com-pàirteachas airson a choileanadh thar nan còig bliadhna ri teachd. Mar eisimpleir fon cheann 'Ùr-ghnàthachadh Cumhachd Ath-nuadhachail' tha na targaidean a' gabhail a-steach:
 - Ceangal nas fheàrr ris a' ghrìd nàiseanta gus cuideachadh le cothroman às-mhalairt.
 - Cur air dòigh structair gus buannachd coimhearsnachd a chur an gnìomh, a' gabhail a-steach brosnachadh gineadh cumhachd a bhuineas don choimhearsnachd.
 - Ciad bhuileachadh ro-innleachd haidridsean sna h-Eileanan Siar.
 - Brosnachadh na sèine solair gus am faigh gnìomhachas ionadail buannachd bho leasachaidhean tuath-gaoithe.
 - Meudachadh cliù nan Eilean Siar mar Àrainn Ùr-ghnàthachaidh Cumhachd.
 - Ullachadh taic leantainneach do phròiseactan cumhachd ath-nuadhachail stèidhichte sa choimhearsnachd.
32. Tha an ro-innleachd cuideachd a' comharrachadh far a bheil adhartas ga dhèanamh. Tha seo a' gabhail a-steach: trì tagraidhean airson tuathan-gaoithe mòra agus seachd nas lugha; rannsachaidhean air cumhachd mara; tagradh ri buidhnean riaghaltais a thaobh bun-structair cumhachd agus frèaman reachdail, gu h-àraidh ceangal ris a' ghrìd nàiseanta; buileachadh pròiseact bann leathann 'Coimhearsnachdan Ceangailte'; fàs bliadhna an dèidh bliadhna san roinn turasachd; agus stèidheachadh ionad comhairle 'Consumer Direct' ann an Siabost.
33. Ach, tha beàrn mòr ann an ro-innleachd na comhairle a thaobh planaichean airson prìomh sheirbheisean na comhairle a leasachadh agus ciamar a ghabhas na

seirbheisean làitheil a tha roinnean a' libhrigeadh an leasachadh ann an co-rèir ri feuman sònraichte choimhearsnachdan ionadail.

34. Tha aithisg às ùr air plana-gnìomh *Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd* a fhuair Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd sa Mhàrt 2006 a' sealltainn gun deach adhartas a dhèanamh air 44 de na 69 gnìomhan fo na sia prìomh iomairtean. Mar eisimpleir rinn a' chomhairle rannsachadh air a' ghrìd dealain ionadail gus comasan agus prìomh chuingeadan a chomharrachadh. Tha a' chiad cheum den ro-innleachd haidridsean air tòiseachadh agus tha lab haidridsean air a stèidheachadh aig Colaisde a' Chaisteil ann an com-pàirteachas ris a' chomhairle.
35. Tha creideamh cudromach do mhòran dhaoine anns na h-Eileanan Siar agus tha seo a' toirt buaidh air poileasaidhean na comhairle. Tha mòran anns na meadhanan nàiseanta co-cheangailte ri cùisean mar seòlaidhean aiseig Didòmhnaich no poileasaidh na comhairle gun seirbheisean a thabhann airson com-pàirteachasan catharra. Tha e cudromach tuigsinn gur ann ainneamh a thig seo an-àird ann an deasbad agus nach eil mòran buaidh aige air a' mhòr-chuid de ghnothaichean no seirbheisean a tha a' chomhairle a' coileanadh.
36. Tha beagan dearbhaidh ann gum bi a' chomhairle ag atharrachadh libhrigeadh seirbheis ann an dòigh a tha mothachail air na coimhearsnachdan ionadail gam bheil i a' toirt seirbheis. Mar eisimpleir san Ògmhios 1998, thug a' chomhairle cead an amar-snàmh, na goireasan spòrs agus an àite-bidhe ann an Sgoil Lionacleit a bhith fosgailte air feasgar Didòmhnaich agus tha cothrom air cuid de sheirbheisean air Didòmhnaich cuideachd ann am Beinn na Fadhlà, Uibhist a Deas agus Barraigh. Ach chan eil an ionad spòrs ann an Steòrnabhagh fosgailte Didòmhnaich. Feumaidh a' chomhairle easaonta eadar cuid de na h-amasan poileasaidh aice a chothromachadh. Tha i airson urram agus dìon a chur air dualchas agus cultar nan Eilean Siar, ach tha i mothachail gum bi an in-imrich a tha riatanach do sheasmhachd san àm ri teachd, a' leantainn gu coimhearsnachd le measgachadh nas motha de chultaran, luachan agus bheachdan. Tha dearbhadh ann gu bheil a' chomhairle a' feuchainn ris an easaonta seo a riaghladh le gliocas. Tha atharrachadh a' tighinn, ach tha e pragmatach, aig astar a tha a' cumail ìre co-aontachd thar na coimhearsnachd agus nach eil a' sgaradh no a' dùnadh a-mach earrann sam bith den choimhearsnachd.

Stiùireadh

Tha buill agus oifigearan a' toirt stiùireadh air amasan ro-innleachdail, gu h-àraidh tro phròiseactan suaicheanta. Ach, cha robh stiùireadh follaiseach ann an stèidheachadh nan siostaman agus modhan a dh'fheumar airson taic do leasachadh leantainneach agus coileanadh soirbheachail air amasan na comhairle.

37. Tha a' chomhairle neo-eisimeileach, le 24 de na 31 buill neo-eisimeileach agus chan eil buidheann rianachd neo-eisimeileach ann. Bidh neach-gairm na comhairle a' dèanamh pàirt de dhleastanasan traidiseanta probhaist còmhla ri dleastanasan ceannard comhairle. 'S e iar-neach-gairm na comhairle cathraiche comataidh poileasaidh agus stòrais. 'S e na buill comataidh fhèin a bhios a' taghadh nan cathraichean comataidh an àite iad a bhith air an cur an dreuchd le buidheann rianachd.
38. Gun bhuidheann rianachd sònraichte bhiodh cunnart gun tigeadh cion stiùiridh agus treòrachaidh. Ach, tha an co-aontachd bheachd air prìomh-amasan agus air a' chuid as motha de chùisean a' sealltainn gu bheil stiùireadh aig an ìre phoileataigeach. Anns an aon dòigh tha soilleireachd an amais fhad-ùine, air a shealltainn gu h-àraidh leis an neach-gairm, an t-iar-neach-gairm agus a' chuid as motha de chathraichean comataidh a' nochdadh chan e a-mhàin stiùireadh, ach cuideachd fìor dhealas airson nan Eilean Siar. Tha e soilleir cuideachd gu bheil a dleastanas stiùireadh coimhearsnachd fìor chudromach don chomhairle. Chithear seo anns na deasbadan an seòmraichean na comhairle agus anns na ro-innleachdan agus planaichean aice agus tha e soilleir gu bheil buill gam faicinn fhèin mar riochdairean agus luchd-stiùiridh anns na coimhearsnachdan aca. Ach, gu tric bidh buill a' toirt cus aire do chùisean obrachaidh, mar co-dhùnaidhean beaga a thaobh sgiobachd, a' fàgail nas lugha ùine agus rùm airson beachdachadh air leasachadh agus libhrigeadh an amasan ro-innleachdail.
39. Tha cion grunn de na prìomh bhlocaichean togail airson feabhas luach a' sealltainn gun robh cion sàr stiùireadh co-òrdanaichte ann an stèidheachadh shiostaman agus modhan cudromach thar nam bliadhnachan mu dheireadh. Mar eisimpleir, cha do chuir a' chomhairle a h-ullachadh airson rianachd coileanaidh an gnìomh gu h-èifeachdach agus feumar mòran leasachaidh a dhèanamh orra sin, agus air dòigh-obrach chorporra airson goireasan daonna agus rianachd so-mhaoin ro-innleachdail, buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh is modhan eagarach airson co-chomhairle coimhearsnachd.
40. Bha ceannard ùr air a bhith san dreuchd airson dìreach beagan mhiosan aig àm an sgrùdaidh agus tha e air oidhirp mhòr a dhèanamh gus eòlas fhaighinn air a' bhuidheann agus luchd-com-pàirt eile mar buill, luchd-obrach agus com-pàirtichean. Thathar an dùil a' chuid as motha den aire a thoirt do cho-òrdanachadh agus buileachadh poileasaidhean na comhairle, agus tha seo co-chòrdail ris na tha buill thaghte a' faireachdainn a dh'fheumar gus am bi a' chomhairle nas soirbheachail. Tha prìomh chomhairlichean agus an ceannard ùr mothachail air na dh'fhaodas prionnsabalan agus siostaman feabhas luach a chur ri na cùisean sin, agus gum feum an leasachaidh a bhith mòran nas luaithe.
41. Anns na bliadhnachan mu dheireadh bha an Sgioba Rianachd Corporra (CMT) mar bu trice a' cur cudrom air clàir-gnothaich roinneil agus chan fheumadh stiùirichean fa leth

dòigh na bu chorporra a ghabhail os làimh. Tha fianais bhon dòigh anns an deach pròiseactan sònraichte a dhèanamh gu bheil àrd-luchd-stiùiridh sa chomhairle comasach air dèiligeadh ri prìomh mhodhan feabhas luach agus air fòcas nas corporra. Ach, tha an ceannard air smachd corporra agus ìrean rianachd a chomharrachadh mar dhà roinn le prìomhachas airson leasachaidh, a' toirt àite don fheum a tha aig stiùirichean aig gach ìre anns a' chomhairle air barrachd treòrachaidh agus smachd ro-innleachdail. Bha aig a' cheannard ri ceuman a ghabhail anns na mìosan mu dheireadh, mar eisimpleir, nuair nach deach cumail ri modhan cunraidh na comhairle ann am prìomh roinn seirbheis. Feumar barrachd smachd agus treòrachadh corporra, agus bidh an dòigh ùr a tha an ceannard a' gabhail na bhuannachd don CMT. Bu chòir don seo taic fhaighinn bho shiostam measaidh agus leasachaidh do phrìomh oifigearan a bu chòir cuideachadh a' dèanamh cinnteach gum bi na comasan stiùiridh agus rianachd an sàs.

Co-obrachadh le coimhearsnachdan

Tha co-obrachadh le coimhearsnachdan làidir, ach bhiodh e na b' fheàrr le ullachadh airson co-chomhairle eagarach agus làidir, le cothromachadh nas motha eadar an earbsa ann am buill thaghte mar mheadhan airson beachdan na coimhearsnachd agus modhan eile.

42. Tha mòran co-obrachadh coimhearsnachd anns na h-Eileanan Siar, gu ìre mar thoradh air an àireamh àrd de bhuidhnean saor-thoileach agus coimhearsnachd a tha annta. Tha còrr air 250 buidhnean saor-thoileach air feadh nan eilean, agus mu 40 buidhnean saor-thoileach ann am Barraigh na aonar, anns a bheil àireamh-sluaigh de 1,172.
43. Sheall sluagh nan Eilean Siar an dealas airson leasachadh beatha anns na h-eileanan. Tha iomadh seòrsa buidheann coimhearsnachd ann agus tha iad a' gabhail a-steach; buidhnean taic, urrasan leasachadh coimhearsnachd agus buidhnean a' ceannachd an fhearainn don choimhearsnachd. Aig an àm seo tha 15 sa cheud den fhearainn an seilbh aig trì urrasan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus, ma bhios na còmhraidhean a tha a' dol an-dràsta soirbheachail, taobh a-staigh deich bliadhna dh'fhaodadh suas ri dara leth fearann nan Eilean Siar a bhith an seilbh na coimhearsnachd. Tha iomadh eisimpleir ann de choimhearsnachdan a' cur air dòigh còmhaidh dùthchail, a' stèidheachadh buidhnean òigridh, agus a' tòiseachadh iomairtean ath-chuairteachaidh. Tha stòras làidir aig na h-Eileanan Siar anns a' choimhearsnachd ghnìomhach seo agus tha a' chomhairle air ceuman a thoirt a-steach a chuidicheas a' toirt taic agus co-òrdanachadh don obair seo. Shuidhich a' chomhairle lìonradh de ochd co-òrdanaichean coimhearsnachd a bheireadh barrachd taic do bhuidhnean coimhearsnachd.
44. Rinn a' chomhairle mòran obair co-chomhairleachaidh air cùisean sònraichte no mar phàirt de sgrùdaidhean feabhas luach. Ach, 's e a prìomh mhodh co-chomhairleachaidh

a bhith a' sireadh bheachdan tro na buill thaghte agus an lionradh gnìomhach de 26 comhairlean coimhearsnachd. Tha a' chomhairle a' faicinn a dlùth dhàimh ris a' choimhearsnachd mar phrìomh neart. Tha gach ball taghte anns a' chomhairle a' riochdachadh mu 700 de mhuinntir an àite sa chuibheasachd, an co-mheas ball ri neach-bhòtaidh as àirde ann an Alba, agus tha buill a' comharrachadh am follaiseachd agus ruigsinneachd anns a' choimhearsnachdan mar fhianais air a' cho-obrachaidh seo.

45. Às aonais mheadhanan co-chomhairleachaidh nas rianaile chan eil dòigh aig a' chomhairle air dearbhadh gu bheil an dòigh làithreach èifeachdach no a' nochdadh beachdan a' phobaill. Mar eisimpleir, chan eil pannal sluaigh aig a' chomhairle, agus cha do rinn i rannsachadh luchd-còmhnaidh coileanta. Chuir i beagan chùisean gu co-chomhairle, mar eisimpleir na tuathan-gaoithe, ach cha do chuir feadhainn eile, mar solar seirbheis air Didòmhnaich.
46. Tha dleastanasan reachdail aig a' chomhairle a thaobh ruigsinneachd agus co-chomhairleachaidh a dh'fheumas a bhith dèante ann an dòigh eagarach. Bheireadh an t-ullachadh sin comharra soilleir air iarrtasan a' phobaill agus fianais chothromach a chuidicheadh buill a' dèanamh co-dhùnaidhean doirbh. Bheireadh dòigh nas cunbhalaiche, nas cothromaiche agus nas fhollaisiche barrachd misneachd gu bheil gnìomhan na comhairle a' toirt freagairt ceart don luchd-cleachdaidh aice agus don phoball. Bhiodh e na bhuannachd siostam le barrachd structair a chur ris an ullachadh a th' ann, agus feumaidh a' chomhairle cuideachd dòigh nas fheàrr air fiosrachadh mu thoraidhean co-chomhairleachaidh a thoirt air ais do luchd-còmhnaidh, luchd-com-pàirt agus luchd-cleachdaidh sheirbheisean.
47. Tha a' chomhairle air tuigsinn gum feumar co-chomhairle nas fharsainge ri luchd-com-pàirt a cho-òrdanachadh agus dèanamh cinnteach gun ruig e luchd-còmhnaidh a dh'fhaodadh a bhith gun com-pàirteachadh fhathast ann am dòighean co-chomhairleachaidh stèidhichte. Tha an sgioba co-obrachadh coimhearsnachd aig com-pàirteachas dealbhadh coimhearsnachd, a chaidh a stèidheachadh ann an 2005 a' beachdachadh air ciamar a thèid lìonraidhean co-chomhairleachaidh a dhealbhadh a tha nas freagarraiche do bhuidhnean coimhearsnachd eile, mar eisimpleir òigridh.

Dealbhadh Coimhearsnachd agus obair com-pàirteachais

Rinn a' chomhairle beagan adhartais air dealbhadh coimhearsnachd ach feumaidh i ceanglaichean obrach ri com-pàirtichean a neartachadh agus gu sònraichte aghaidh a chur air an droch dhàimh ri Bòrd Slàinte nan Eilean Siar.

48. Tha Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd nan Eilean Siar (OHCPP) air a bhith a' dol bho 2001. Tha mòran bhuidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach an

sàs ann an dealbhadh coimhearsnachd tron chom-pàirteachas fhèin no le bhith a' gabhail pàirt ann an aon de na còig fòraman cuspaireil airson soirbheas coimhearsnachd, an eaconamaidh ionadail, foghlam fad-beatha agus ionnsachadh sa choimhearsnachd, cànan agus cultar na Gàidhlig, agus seasmhachd agus an àrainneachd. Tha crìochan co-ionann aig a' chom-pàirteachas ri grunn de na prìomh chom-pàirtichean aice a' gabhail a-steach bòrd slàinte na roinne.

49. 'S e pàipear àrd-mhiannach a th' anns a' Phlana Coimhearsnachd agus tha e a' toirt beagan fiosrachaidh air mar a chuireas com-pàirtichean ri libhrigeadh nan cinn-uidhe, no nan ceuman buileachaidh gus sealltainn an deach an coileanadh. Tha an com-pàirteachas a' tuigsinn gum feum e na planaichean-gnìomh sin a leasachadh agus ceuman coileanaidh SMARTer a ghabhail a-steach. Tha na planaichean-gnìomh a dhealbh fòraman a' chom-pàirteachais gus taic a thoirt don phrìomh phlana aig diofar ìrean leasachaidh, ach tha comharran ann gun do rinn cuid de na fòraman adhartas math, gu h-àraidh am Fòram Eaconamach ionadail air an ro-innleachd *Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd*.
50. Mar a chithear ann an àiteachan eile, tha an com-pàirteachas a' tuigsinn gu bheil easaonta anns a' mhodh dealbhadh coimhearsnachd, oir tha modhan co-dhùnaidh fa leth aig na com-pàirtichean. Chuidicheadh sgeama riaghlaidh airson com-pàirteachas dealbhadh coimhearsnachd a' toirt soilleireachd air dè tha agus dè nach eil taobh a-staigh ùghdarras a' chom-pàirteachais.
51. Tha beachdan measgaichte aig com-pàirtichean mu èifeachdas an OHCPP. Tha beagan air a ràdh nach eil iad a' faireachdainn co-ionann, agus gur dòcha aig amannan nach eil dòigh-obrachaidh na comhairle co-chòrdail ri fìor obair ann an com-pàirteachas. Tha Nòtaichean Comhairle Dealbhadh Coimhearsnachd a tha a' toirt taic do Achd 2003 a' comharrachadh grunn phrionnsabalan deagh chleachdadh, ag innse mar bu chòir a bhith a' toirt 'urram do dhleastanasan buidhnean com-pàirteachais agus do dhleastanas reachdail cuid de chom-pàirtichean airson libhrigeadh seirbheis' agus gum biodh 'cultar earbsa agus fosgarrachd air a bhrosnachadh taobh a-staigh a' chom-pàirteachas'. Chan eil seo daonnan follaiseach anns na h-Eileanan Siar, gu h-àraidh nuair a thathar a' deasbad air cùisean connspaideach.
52. Tha eadar-dhealachadh ann an dealas airson obair ann an com-pàirteachas agus an ìre dheth agus tha e buailteach a bhith air fhàgail aig na daoine a tha an sàs ann. Tha e follaiseach nach eil obair ann an com-pàirteachas fhathast amalaichte gu h-ìomlan a-steach do obair gnìomhach am measg nan com-pàirtichean uile. Tha Dealbhadh Coimhearsnachd cuideachd gun taic agus com-pàirt fhaighinn bhon h-uile ball. Ged a bhios an neach-gairm na chathraiche air a' chom-pàirteachas agus beagan de na buill an làthair b' e pàirt glè bheag a ghabh na buill thaghte eile anns na fòraman.

53. Tha a' chomhairle air a bhith a' dèanamh obair èifeachdach còmhla ri lomairt nan Eilean Siar ann an libhrigeadh buannachdan leasachadh eaconamach, mar eisimpleir buileachadh teicneòlas bann leathann. Tha i cuideachd air deagh bhuilean a libhrigeadh le bhith a' co-obrachadh le Bòrd Slàinte nan Eilean Siar aig ìre obrachaidh, mar eisimpleir a' cur air dòigh goireas slàinte coitcheann ann am Barraigh.
54. Ach, cha robh i cho soirbheachail le obrachadh gu h-èifeachdach aig ìre ro-innleachdail còmhla ri Bòrd Slàinte nan Eilean Siar, agus b' fheudar don dà bhuidheann cuideachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh ann an leasachadh sheirbheisean slàinte agus cùram sa coimhearsnachd amalaichte. O chionn ghoirid tha an dàimh ris a' Bhòrd Slàinte air a dhol nas miosa, agus chan eil na prìomh bhuidhnean sin a' lorg dòigh-obrachaidh choitcheann airson cùisean cudromach a tha mu choinneamh coimhearsnachdan nan Eilean Siar. Tha diofar bheachdan taobh a-staigh nam buidhnean agus na coimhearsnachd mu na h-adhbharan bunaitich airson na droch dhàimh, agus tha e doirbh iad sin a dhearbhadh gu ìre shoilleir sam bith. Ach, tha coltas gur e eadar-dhealachadh ann an cultar eagrachaidh, ullachadh co-dhùnaidh agus eadar-dhealachadh bheachdan mun dòigh anns a bheil seirbheisean cùram slàinte air an solarachadh anns na h-Eileanan Siar cuid de na prìomh adhbharan. 'S e a tha cudromach gum feum an suidheachadh làithreach a bhith air a cheartachadh leis gach buidheann gus dèanamh cinnteach nach bi e a' milleadh libhrigeadh seirbheis agus gum faighear air na leasachaidhean san amharc airson libhrigeadh seirbheis coitcheann a choileanadh.

Dealbhadh corporra

B' ann o chionn beagan bhliadhnachan a bha ullachadh dealbhadh corporra na comhairle air a stèidheachadh agus tha dùil aice iad sin ath-sgrùdadh agus a leasachadh ann an 2007.

55. 'S e leasachadh car ùr a th' ann an ciad ro-innleachd corporra na comhairle agus chaidh aontachadh ann an 2004. Chan eil ann ach aon phrìomh-amas corporra, ullachadh seirbheisean feabhas luach, le taic bho naoi cuspairean ro-innleachdail, mar eisimpleir 'prìomhachas do chruthachadh eaconamaidh measgaichte' agus 'brosnachadh na Gàidhlig agus foghlam fad-beatha'. Tha taic aca sin bho 80 amasan ro-innleachdail air a bheil iomradh soilleir ann am planaichean gnìomhachais roinneil. Mar eisimpleir, fon chuspair ro-innleachdail 'Togail air Ar Neartan Cultarail agus Sòisealta' tha an ro-innleachd chorporra a' toirt liosta de cheithir amasan ro-innleachdail:
- Neartachadh comasan sòisealta choimhearsnachdan agus dhaoine.
 - Misneachadh mion-leasachaidhean airson cur-seachad, agus airson na h-àrainneachd.

- Leasachadh ghoireasan airson ar dualchas croitearachd, iasgach agus creideimh a thaisbeanadh, a bhrosnachadh agus a mhìneachadh.
 - Taic do leasachadh chidheachan agus goireasan eile a leudaicheas nan cothroman airson cur-seachadan mara.
56. San Dùbhlachd 2005 chomharraich a' chomhairle trì prìomh-amasan cuspaireil a' comharrachadh gum feumadh prìomhachas a bhith aig àireamh cho mòr de dh'amasan. 'S iad na cuspairean le prìomhachas, a tha co-chòrdail ris a' phlana coimhearsnachd:
- **Leasachadh Eaconamach** –a' toirt prìomhachas do chruthachadh eaconamaidh measgaichte.
 - **Stiùireadh do na h-eileanan** – leasachadh slàinte agus soirbheas, leasachadh ar luchd-obrach agus èisteachd agus freagairt don choimhearsnachd.
 - **Brosnachadh dearbh-aithne shònraichte nan Eilean Siar** - dualchas agus cultar sònraichte, a' Ghàidhlig agus foghlam fad-beatha agus togail air neartan cultarail agus sòisealta.
57. Thug an neach-sgrùdaidh ionadail bhon taobh a-muigh cunntas don chomhairle roimhe air laigsean anns an t-siostam dealbhadh corporra. Mar eisimpleir, chan eil targaidean soilleir le cudrom air builean anns an ro-innleachd chorporra a bheir comas don chomhairle sùil a chumail, agus cunntas a thoirt air a coileanadh agus a bhith cunntachail air a shon. Ged a tha ceuman nas mionaidiche ann am planaichean gnìomhachais roinneil agus ro-innleachdan fa leth eile, chan eil iad sin a' cuideachadh na comhairle gu lèir-shealladh ro-innleachdail no co-dhùnadh air càit am b' fheàrr stòrasan a stiùireadh gu ceàrnaidhean le prìomhachas na comhairle .
58. Tha aithne aig a' chomhairle air crìochan an ro-innleachd chorporra, agus tha i an dùil dèanamh cinnteach gun cuir an ath ro-innleachd a thèid ullachadh ann an 2007 aghaidh air na cùisean iomagain sin. Anns an eadar-ama, chuir i na cuspairean ro-innleachdail ann an òrdugh tàbhachd a thaobh dè cho cudromach 's tha iad gus am faighear air an ro-innleachd làithreach a chleachdadh ann an dòigh nas amalaichte airson dealbhadh buidseit agus gnìomhachais.

Cunntachalachd agus fosgarrachd

Tha dlùth dhàimh aig buill ri na coimhearsnachdan aca agus bidh deasbad agus co-dhùnaidhean fosgailte aca. Ach feumar leasachadh air càileachd, àm agus cothrom air fiosrachadh don phoball agus do bhuill thaghte.

59. Tha treòrachadh an cois feabhas luach ag ràdh gum bu chòir do bhuill thaghte dèanamh cinnteach gu bheil modhan co-dhùnaidh fosgailte agus follaiseach, le

gnothaichean gan riaghladh gus taic a thoirt do chunntachalachd agus gum bu chòir gum biodh e soilleir ciamar a tha comhairle a' stiùireadh agus a' riaghladh a dleastanasan agus ciamar a tha seirbheisean air an libhrigeadh. Tha a' chomhairle air tuigsinn gum feumar ath-sgrùdadh air mar a tha i a' cur air adhart pàirt de na gnothaichean aice ach 's an slaodach a tha am piseach. Cho-dhùin Sgrùdadh Riaghladh Corporra ann an 2003, gum feumar mìneachadh soilleir a dhèanamh air dreuchdan bhall agus oifigearan agus mhol a' chomataidh Sgrùdaidh agus Rannsachaidh cuideachd ath-sgrùdadh air protocailean airson Cathraichean comataidh agus àrd-oifigearan. Tha obair a' dol air adhart air an Sgeama Rianachd, agus tha e cudromach gun tèid dèiligeadh ri na roinnean sin mar phàirt den obair sin. Bidh buaidh structairean ùra air sgeamaichean Com-pàirteachas Poblach Priobhaideach (PPP), com-pàirteachasan Slàinte Coimhearsnachd agus Cùram Sòisealta agus an com-pàirteachas taigheadais ùr cuideachd ag iarraidh soilleireachd a thaobh co-dhùnidhean san t-seirbheis poblach.

60. Tha buill a' faireachdainn gu bheil iad cunntachail do luchd-bhòtaidh agus tha a' chomhairle toilichte le bunait deamocratach a co-dhùnidhean. Ann an coinneamhan comhairle agus comataidh tha fìor dheasbad farsaing agus fosgailte. Bidh cathraichean comataidh a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig buill air am beachdan a chur an cèill agus gu tric gabhaidh buill nach eil air a' chomataidh sin pàirt ann an deasbadan. Ach, aig amannan bidh còmhraidh agus deasbad air cùisean obrachaidh no ùghdarachd a' dol air thoiseach air deasbad mu chùisean nas ro-innleachdail.
61. Tha àrd-bhuill thaghte dèidheil air barrachd com-pàirt ann an còmhraidhean ro-innleachdail agus b' fhiach don chomhairle feum a dhèanamh den chothrom seo. Air cuid de chùisean tha co-dhùnidhean poileasaidh air an dèanamh tro ghluasadan air an cur air adhart ann an comataidh agus ged a tha seo na roghainn deamocratach faodaidh e a bhith a' ciallachadh nach deach beachdachadh air builean iomlan nan co-dhùnidhean sin, mar eisimpleir reusanachadh sgoiltean. Bheireadh fòram leasachadh poileasaidh air choreigin taic do chòmhraidhean ro-innleachdail agus chuidicheadh e buill thaghte a' coileanadh an dleastanasan coitcheann air poileasaidh agus treòrachadh ro-innleachdail a thuilleadh air am pàirt ann an sgrùdadh air libhrigeadh dleastanasan na comhairle. Tha buill den bheachd gu bheil am brath-ullachaidh neo-fhoirmeil aig toiseach gach cuairt comataidh feumail, ach bu chòir beachdachadh air togail air an ullachadh neo-fhoirmeil seo gus cothrom le barrachd structair a thoirt air coinneamhan-ullachaidh agus còmhraidh coitcheann.
62. Feumaidh a' chomhairle siostaman a dhealbh a bheir barrachd follaiseachd agus fosgarrachd le bhith a' toirt barrachd cothruim air fiosrachadh. Tha aithne aig a' chomhairle gum feum i aithisgean ullachadh ann an tìde oir tha clàir-gnothaich comataidh gu tric a' dol a-mach gun na h-aithisgean gu lèir nan cois agus gu tric bidh

nithean 'ri leantainn'. Tha seo a' ciallachadh gur dòcha nach eil buill thaghte a' faighinn fiosrachadh ann an deagh àm gus beachdachadh iomchaidh a dhèanamh air.

Dh'fhaodar barrachd a dhèanamh gus cothrom a thoirt don phoball air aithisgean. Chan eil clàr-seòlaidh math air earrann comataidh an làrach-lìn no foillseachadh math air clàir-gnothaich agus uairean choinneamhan ri teachd. Chan eil aithisgean comataidh rim faotainn tron làrach-lìn, agus chan eil comharra sam bith air ciamar a gheibhear iad.

63. Tha pàipearan clàr-gnothaich do chomataidhean agus an Sgioba Rianachd a' gabhail a-steach gnàth nà a' toirt cunntas air an ìre aig a bheil aithisgean ris am bheilear a' feitheamh aig an àm agus a dh'fheumar aig na fòraman sin. Tha seo feumail agus tha e na dhòigh air lorg a chumail air adhartas aig na coinneamhan. Ach, tha sgrùdadh air na h-aithisgean sin a' sealltainn gun robh 74 aithisgean comataidh gun an crìochnachadh anns a' Ghearran 2006, le 24 dhiubh còrr air bliadhna air dheireadh.
64. Tha a' chomhairle glè fhollaiseach anns na meadhanan ionadail ach tha i mothachail cuideachd gum feum i a h-Aithisgean Coileanaidh Poblach (PPR) a leasachadh. Tha a' chomhairle air beàrnan a lorg na dòigh-obrach airson PPR, gu h-àraidh ann an aithisgean air coileanadh seirbheis agus ann an càileachd an làrach-lìn aice. Fhuair luchd-pàighidh cìs chomhairle a' chiad PPR bhon chomhairle, a' gabhail a-steach 2004/05, sa Mhàrt 2006. Tha an aithisg a' cur cudrom air SPlan agus tha i an ìre mhath cothromach agus ri faotainn ann am Beurla agus Gàidhlig, ach tha an dàil ga foillseachadh a' ciallachadh nach eil an t-aon luach innte don phoball.

Pàirt 2: A bheil a' Chomhairle ullaichte gus leasachadh leantainneach a lìbhrigeadh?

Chan eil dòigh-obrach eagarach aig a' chomhairle airson leasachadh leantainneach seasmhach. Feumaidh i tuilleadh leasachaidh agus buileachaidh èifeachdach a dhèanamh air a h-ullachadh airson rianachd coileanaidh, gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhi sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh air amasan agus ciamar a tha leasachadh ga ghluasad a-steach do choileanadh seirbheis.

Tha a' chomhairle a' tuigsinn gum feum i barrachd a dhèanamh gus na stòrasan a tha rim faotainn a stiùireadh a dh'ionnsaigh a prìomh-amasan. Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh dealbhadh luchd-obrach agus buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an cleachdadh as fheàrr ga dhèanamh de dhaoine, ionmhas agus stòrasan eile na comhairle mar togalaichean agus Teicneòlas Fiosrachaidh agus Conaltraidh.

Tha deagh bhunaitean aig a' chomhairle airson stiùbhartachd ionmhasail agus tha i a' dèanamh adhartas math air a dòigh-obrach airson rianachd cunnairt.

Rianachd coileanaidh agus rannsachaidh

Chan eil ullachadh rianachd coileanaidh èifeachdach aig a' chomhairle aig an àm seo. Tha i aig ìre thràth ann an leasachadh frèam stèidhichte air ìrean seirbheis le cudrom air luchd-cleachdaidh.

65. Chan eil mòran dearbhaidh ann gun toir an rianachd coileanaidh làithreach am fiosrachadh a dh'fheumar don chomhairle airson coileanadh a mheasadh ri amasan corporra agus seirbheis. Tha atharrachadh ann an siostaman agus ceuman fiosrachadh air rianachd thar sheirbheisean, le mòran dhiubh a' cleachdadh siostaman làimhe. Tha seo a' ciallachadh gur e obair stòras-iarratach a th' ann an tomhas coileanaidh agus nach eil e daonnan air fhaicinn mar phàirt den obair bhunaiteach.
66. Tha a' chomhairle an urra ri na SPlan airson a' chuid as motha den fhiosrachadh air rianachd coileanaidh agus tha Aithisgean Coileanaidh Poblach na comhairle stèidhichte gu mòr air SPlan. Ach, bha 18 sa cheud de SPlan air am meas neo-earbsach no gun aithisg ullachadh ann an 2004/05.
67. Tha buill gu mòr an urra ri beachdan bho na uàrdan aca, aithisgean sgrùdadh ionmhais ràitheil, agus aithisgean bliadhnaile stèidhichte air SPlan gus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a tha a' chomhairle no seirbheisean fa leth a' coileanadh. A dh'aindeoin

dearbhaidh gun toigh le buill a bhith a' deasbad air coileanadh seirbheis, 's e beagan fiosrachadh air coileanadh cunbhalach a thathar a' cur gu comataidhean.

68. Bidh comataidhean seirbheis a' faighinn aithisgean ràitheil air teachd-a-steach agus caiteachas calpa, ach chan eil iad a' faighinn uimhir de fhiosrachadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh no adhartas na comhairle air amasan phlanaichean seirbheis. Ged a bhios comataidhean a' faighinn aithisgean adhartais air pròiseactan agus iomairtean tha eadar-dhealachadh mòr ann an tomhas agus cunbhalachd aithisgean coileanaidh. Anns na 14 mìosan ron sgrùdadh fhuair a' Chomataidh Taigheadais 11 aithisgean coileanaidh ach b' e a còig a fhuair a' Chomataidh Tìrshlàinteachd. Chan fhaigh comataidhean ach beagan fiosrachadh air gluasadan coileanaidh agus tha fiosrachadh sam bith a th' ann an urra ri na SPlan.
69. Chithear beagan dheagh eisimpleirean de dh'aithisgean a' dèanamh measadh air coileanadh airson pàirtean sònraichte de sheirbheisean, mar eisimpleir, gluasadan ann am fiachan màil, aithisgean sgrùdaidh feabhas luach agus measadh air ceuman airson lùghdachadh a' mhinc. Ach, chan eil dòigh eagarach aig a' chomhairle airson cunntas a thoirt air coileanadh sheirbheisean thar a diofar dhleastanasan. Nuair a thig aithisgean fa chomhair chomataidhean, tha iad ag adhbharachadh mòran ùidh agus deasbaid agus tha buill thaghte ag iarraidh mòran fiosrachaidh air coileanadh.
70. Ann an 2003, chuir a' chomhairle Comataidh Sgrùdaidh agus Rannsachaidh an àite a Comataidh Ìrean agus Rannsachaidh. Bidh a' chomataidh a' beachdachadh air aithisgean air diofar chùisean, mar eisimpleir, aithisgean a' mìneachadh mar a bu chòir don chomhairle dèiligeadh ri atharrachaidhean ann an reachdas agus aithisgean bhon neach-sgrùdaidh ionadail. Bidh a' chomataidh cuideachd a' beachdachadh air aithisgean a' cumail sùil air adhartas sgrùdaidhean agus cùisean a bhuineas do dhòigh-obrach co-cheangailte ris an sgeama rianachd agus riochdachaidh. 'S e glè bheag fiosrachaidh a bhios a' chomataidh a' faighinn air mar a tha seirbheisean a' coileanadh.
71. Tha aithne aig a' chomhairle, a dh'aindeoin comataidh a bhith a' dol o chionn iomadh bliadhna agus nan atharrachaidhean ann an 2003, gum feumar tuilleadh neartachaidh fhathast air a dleastanas agus àrdachadh air a h-ìomhaigh. Chan eil a' chomataidh for-ghnìomhach gu leòr agus 's ann a' beachdachadh air aithisgean a tha air an cur fa comhair a bhios i, an àite i fhèin a bhith a' barrantachadh aithisgean. Tha frithealadh na comataidh air a bhith neo-chunbhalach, agus gu sònraichte bho Sultain 2005 bha e doirbh a bhith le cuòram.
72. Tha a' chomhairle air an t-siostam 'LINUX' a thoirt a-steach gus lorg a chumail air adhartas a rinneadh le gnìomhan. Tha an siostam feumail mar shiostam sgrùdadh gnìomhan, ach aig an àm seo chan eil mòran comais aige a bhith a' foillseachadh an

fhiosrachaidh air ceuman, builean agus gluasadan coileanaidh a dh'fheumar airson leasachadh leantainneach ann an libhrigeadh seirbheis a ghluasad. Còmhla ri sin chan eil coltas gu bheil a h-uile seirbheis ga chleachdadh airson leasachadh agus buileachadh leantainneach.

73. Tha aithne aig a' chomhairle gu bheil pios aice ri dhol ann an leasachadh agus buileachadh a h-ullachadh airson rianachd coileanaidh, ged a tha i a' dèanamh adhartas le obair a tha a' cur cudrom air ìrean seirbheis le aire shònraichte do luchd-cleachdaidh mar dhòigh air ceuman coileanaidh a chomharrachadh. Tha deagh fhrèam teòiridheach air a dhealbhadh agus bha an CMT an dùil ùine a chur ri bhith ga leudachadh sa Chèitean 2006.

Leasachadh leantainneach

Tha iarrtas airson leasachadh sheirbheisean anns na h-Eileanan Siar , ach cha do chuir a' chomhairle taic ri seo le dòigh-obrach eagarach agus rianail airson leasachadh leantainneach a ghluasad air adhart.

74. Tha buill thaghte agus oifigearan ag iarraidh leasachadh a dhèanamh air seirbheisean do shluagh nan Eilean Siar ach cha robh bun-structair aig a' chomhairle gus feum èifeachdach a dhèanamh den seo. Tha coltas gu bheil seo ag atharrachadh, mar eisimpleir tro stèidheachadh Lionradh Leasachaidh do dh'oifigearan gus iomairtean a chur air dòigh agus a roilgeadh a-mach.
75. Chan urrainn don chomhairle sealltainn gun do libhrig i deagh leasachaidhean seirbheis tro dhòighean-obrach ion-roghnach. Cha robh sgrùdaidhean feabhas luach, measadh roghainnean agus tairgseachadh farpaiseach daonnan làidir agus tha an cion fiosrachaidh air rianachd coileanaidh a' ciallachadh nach robh obair sgrùdaidh air a cheangal gu h-eagarach ri iarrtasan luchd-cleachdaidh seirbheis, laigsean comharraichte ann an coileanadh no sealladh iomlan na comhairle airson leasachadh.
76. Tha an dùbhlann ann an sgrùdadh sheirbheisean agus measadh roghainnean na phàirt bunaiteach de fheabhas luach, a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean fhathast iomchaidh, comasach agus èifeachdach. Chan urrainn don chomhairle sealltainn gun do rinn a dùbhlann agus modhan sgrùdaidh a seirbheisean nas èifeachdaiche no gun tug iad builean na b' fheàrr do luchd-cleachdaidh sheirbheisean ach a-mhàin beagan sgrùdaidhean mar sgrùdadh sheirbheisean taic gnìomhachais.
77. Tha frèam airson sgrùdaidhean feabhas luach aig a' chomhairle a tha a' gabhail a-steach modh sgrùdaidh soilleir le taic bho innealan feabhas luach coileanta. Ann am prionnsabal, bu chòir gum biodh am frèam seo na dheagh dhòigh air seirbheisean a sgrùdadh, ach chan eil mòran dearbhaidh gun do lean sgrùdaidhean an t-inneal sgrùdaidh no gun robh e dèante taobh a-staigh nan raointean-ama aontaichte.
78. Bu chòir prìomh phàirt ro-innleachdail a bhith aig buill ann a bhith a' toirt ìre dùbhlain neo-eisimeileach do sgrùdaidhean ach cha do ghabh iad pàirt cunbhalach anns a' mhodh sgrùdaidh. Cha robh ìre mhath de dhùbhlain neo-eisimeileach air sgrùdaidhean no dòigh chunbhalach agus mhionaideach air measadh roghainnean. Ann an iomadh cùis, cha robh sgioban sgrùdaidh cinnteach de na h-amasan aca agus chaidh raon nan sgrùdaidhean atharrachadh. Mar thoradh air seo tha cuid de mhanaidsearan den bheachd gu bheil na sgrùdaidhean neo-iomchaidh agus biùrocratach, an àite a bhith nan inneal cudromach a' gluasad leasachadh sheirbheisean air adhart.

Seirbheis luchd-cleachdaidh agus cùram luchd-cleachdaidh

Tha seirbheis luchd-cleachdaidh agus cùram luchd-cleachdaidh eadar-dhealaichte thar sheirbheisean na comhairle agus an urra nas motha ri oidhirpean luchd-obrach fa leth na ri siostaman Feabhas Luach èifeachdach.

79. Tha aithne aig a' chomhairle nach eil mòran structair no leasachaidh iomchaidh air a h-ullachadh airson taic do chùram luchd-cleachdaidh, ach tha dùil aice aghaidh a chur air. Tha Ro-innleachd Chorporra 2004-2007 a' gabhail a-steach gealltanais a bhith a' leasachadh cùram luchd-cleachdaidh, ach tha adhartas air a bhith slaodach. Tha a' chuid as motha de dh' iomairtean na comhairle aig na tràth ìrean dealbhadh agus buileachadh. Tha cùram luchd-cleachdaidh math ann an grunn roinnean ach tha seo gu tric mar thoradh air deòin agus dealas luchd-obrach fa leth nas motha na air siostaman a bheir taic dhaibh a' dèanamh an cuid obrach.
80. Tha suidheachadh nan eilean a' ciallachadh gu bheil ceanglaichean dlùth agus mothachadh làidir air dilseachd aig buill agus oifigearan do na coimhearsnachdan ionadail aca. Aig àm an sgrùdaidh bha mòran co-obrachaidh eadar luchd-obrach agus seirbheisean na comhairle ann an coimhearsnachdan ionadail thar nan eilean. Tha an ìre seirbheis a gheibh luchd-cleachdaidh eadar-dhealaichte a rèir càit an iarr iad i agus ciamar, agus 's dòcha gum feum luchd-cleachdaidh iartasan a chur gu barrachd air aon neach-obrach ma tha iad ag iarraidh seirbheis. Leis an sgèile de ghnìomhan anns na h-Eileanan Siar, bu chòir dòigh nas cunbhalach a bhith comasach tro chleachdadh nas fheàrr air teicneòlasan fiosrachaidh agus conaltraidh. Bheireadh smachd corporra nas èifeachdaiche agus cumail ri deagh ìrean rianachd piseach air suidheachadh luchd-cleachdaidh.
81. Cha bhi a' chomhairle a' dèanamh cruinneachadh agus mion-sgrùdadh eagarach air fiosrachadh air ais bho luchd-cleachdaidh. Tha beachdan bho luchd-cleachdaidh buailteach a bhith neo-fhoirmeil agus chan eilear a' cumail sùil air riarachadh luchd-cleachdaidh aig an ìre corporra. Tha a' chomhairle an dùil Sgrùdadh air Riarachadh Corporra Luchd-cleachdaidh a thoirt a-steach mar phàirt den ro-innleachd Luchd-cleachdaidh An-toiseach.
82. Tha làimhseachadh ghearan air a sgrùdadh le roinnean agus aig an ìre corporra. Sa Ghiblean 2005 thug a' chomhairle a-steach modh gearain ùr le stiùireadh nas sìmplidh do luchd-obrach agus thug i gealltanais a bhith a' cumail sùil air gearanan aig comataidh an sgioba rianachd agus poileasaidh agus stòrais. Tha aithisgean sgrùdaidh air a' chlàr-ama airson samhradh 2006.

83. Tha a' chomhairle aig na tràth ìrean ann am buileachadh pròiseact Rianachd Dàimh ri Luchd-cleachdaidh (CRM) agus air a' phròiseact Plana Gnìomhachais agus maoinachaidh ann an 2005 aontachadh. 'S e a' chiad cheum den phlana a bhith a' stèidheachadh ionad cothrom air seirbheis ann an Steòrnabhagh agus a' fosgladh ionad taic-fòn do luchd-cleachdaidh ron fhoghar 2006. Tha am pròiseact ag amas air oifisean na comhairle a chleachdadh airson goireasan ann an aon àite le cothrom air siostam corporra CRM. Bidh seirbheisean air an sgaoileadh a-mach le bhith ag ullachadh ionadan fiosrachaidh anns gach roinn coimhearsnachd sheasmhach a tha air fhàgail agus tro ionadan fiosrachaidh eadar-lìn anns a' choimhearsnachd. Gu ruige seo tha buileachadh air a bhith slaodach ged a tha a' chomhairle a' sùileachadh gum bu chòir fastadh manaidsèar sheirbheisean luchd-cleachdaidh adhartas a luathachadh.
84. Tha aithne aig a' chomhairle gu bheil ìrean seirbheis gan leasachadh agus gum feum i dèanamh cinnteach gun cleachd i an cothrom bho phròiseact CRM airson barrachd sgrùdadh air ìrean agus coileanadh mar sin, agus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ìrean sin soilleir don phoball.
85. Tha a' chomhairle air mòran ùidh a nochdadh ann an Libhrigeadh Seirbheis Eileactronaigeach (ESD) agus ann am brosnachadh sùbailteachd ann an roghainnean luchd-cleachdaidh, ach cha do rinneadh mòran adhartas leis gu ruige seo. Tha an làrach-lìn glè sìmplidh, chan eil ach beagan malairt air-loidhne agus chan eil mòran fiosrachadh air coileanadh agus ìrean seirbheis. Tha Comann Rianachd Teicneòlas Fiosrachaidh (SOCITM) air rangachadh 'C' a thoirt don làrach-lìn agus tha sin a' ciallachadh gun gabh diofar nithean an leasachadh mar ruigsinneachd, coileantachd, cunbhalachd agus malairt air-loidhne. Sheall sgrùdadh air cleachdadh làrach-lìn gur e na h-Eileanan Siar an dara ùghdarras ionadail as àirde an Alba airson àireamhan tadhail gach neach. Le cumadh-tìre nan Eilean Siar shùilicheadh sinn gum biodh barrachd prìomhachais aig ESD.
86. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig a' chomhairle a tha ag ràdh gur e amas bunaitich nan Eilean Siar a bhith na coimhearsnachd dà-chànanach le tàbhachd cho-ionann aig Gàidhlig agus Beurla mar na cànanachan conaltraidh. Chithear dearbhadh air seo anns an dòigh sa bheil a' chomhairle a' dèanamh a h-obrach anns an dà chànan aig coinneamhan agus tro fhoillseachaidhean agus soighnichean-rathaid dà-chànanach. Bithear a' dèiligeadh ri ceistean air fòn agus tadhal air goireasan na comhairle anns gach cànan agus tha a' chomhairle a' toirt taic do na h-earrannan sin den choimhearsnachd leis an fheàrr a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig.

Cleachdadh stòrais

Tha a' chomhairle air ullachadh èifeachdach a thoirt a-steach a chuidicheas a' toirt àite air thoiseach don phrògram cosgais calpa. Feumaidh a' chomhairle barrachd a dhèanamh a-nis gus dèanamh cinnteach gu bheil i a' cleachdadh a stòrasan eile gu comasach agus gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do na prìomh-amasan ro-innleachdail aice.

Rianachd dhaoine

Chan eil dòigh chorporra no eagarach aig a' chomhairle airson rianachd goireasan daonna. Tha ullachadh dealbhadh luchd-obrach cuibhrichte agus tha eadar-dhealachadh glè mhòr anns an ullachadh airson fastadh luchd-obrach, leasachadh agus conaltradh eadar roinnean agus làraich sheirbheisean. Tha dealbhadh còir-sheilbh na uallach mòr don chomhairle.

87. Bha luchd-obrach iomlan de 2,405 aig a' chomhairle san Ògmhios 2005 agus tha cuibhreann àrd de luchd-obrach pàirt-ùine aice an coimeas ri comhairlean eile; chan eil ach mu 50 sa cheud den luchd-obrach aice làn-ùine an coimeas ri 80 sa cheud airson Alba gu h-iomlan.
88. Tha duilgheadas aig a' chomhairle a' fastadh luchd-obrach gu cuid de dhreuchdan, gu h-àraidh dreuchdan mar ailtirean agus innleadairean agus luchd-teagaisg cuid de chuspairean. Tha atharrachadh luchd-obrach sa chumantas ìosal. Tha suidheachadh nan Eilean Siar a' ciallachadh gur e beagan thagraichean a tha aig a' chomhairle airson fastadh. Ged a tha a' chomhairle a' cumail a' trèanadh a luchd-obrach fhèin ann an cuid de roinnean, mar eisimpleir tro phreantasachd taobh a-staigh an aonaid mhalairtich agus greisean-gnìomhachais do cheumnaichean, faodar barrachd a dhèanamh gus a' chomhairle a mhargaideachd mar dheagh àite airson dreuchd anns na seirbheisean poblach. Ged a shaoilear gu bheil obraichean aig a' chomhairle tèarainte agus le pàigheadh glè àrd an coimeas ri obraichean eile anns na h-Eileanan Siar, tha na h-ìrean tuarastail ìosal an coimeas ri ùghdarrasan ionadail eile agus faodaidh seo buaidh a thoirt air fastadh aig ìrean àrda.
89. Tha sgèile bheag an luchd-obrach a' ciallachadh gum faod ìre àrd neo-làthaireachd sùilichte agus neo-shùilichte leantainn gu duilgheadasan do na buill sgioba a tha air fhàgail, gu h-àraidh an fheadhainn a tha stèidhichte taobh a-muigh phrìomh oifisean na comhairle. Tha an cudrom a thathar a' cur air an luchd-obrach le barrachd sgilean agus eòlais cuideachd a' toirt buaidh air comas na comhairle a bhith a' cur cudrom air obair leasachaidh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil obair leasachaidh a' cur bacaidh air an àireamh de phròiseactan is urrainn dhi a ghabhail còmhla. Bhiodh pròiseactan leasachaidh ann an òrdugh tàbhachd agus barrachd feum de sgilean bhon taobh a-muigh na chuideachadh a' dèiligeadh ri na cùisean sin agus airson leasachadh nas luaithe.

90. Tha dùbhlán mòr ron chomhairle a thaobh dealbhadh còir-sheilbh. Tha grunn phrìomh sheirbheisean aig a' chomhairle an urra ri sgilean agus eòlas àireamh bheag de dhaoine. Tha cunnart ann gum faodadh call dhaoine cudromach fìor dhroch bhuaidh a thoirt air libhrigeadh seirbheis. Tha a' chomhairle mothachail air na prìomh àiteachan cudruim ach chan eil plana aice aig an àm seo airson dèiligeadh ris a' chùis seo.
91. Tha a' chomhairle ag ràdh gun robh e doirbh dhi dòigh nas corporra a dhealbh airson dealbhadh goireasan daonna oir tha a stòrasan a' cur mòran cudruim air toirt air adhart aonta Inbhe Shingilte. A dh'aindeoin seo, bha an obair Inbhe Shingilte air a shìneadh a-mach agus cha do rinn seirbheisean feum den chothrom a thug e air ullachadh luchd-obrach a sgrùdadh. Aig àm an sgrùdaidh, bha am measadh air a chrìochnachadh, bha còmhraidhean a' dol eadar a' chomhairle agus na h-aonaidhean agus bha buidseat rolla pàighidh sia sa cheud air ullachadh, ach tha ro-mheasaidhean na comhairle a' sealltainn gur dòcha gum bi a' chosgais còrr air a dhà uiread ri seo. Chaidh am pròiseact Inbhe Shingilte a dhèanamh le glè bheag com-pàirt bho stiùirichean seirbheis. Cha do rinneadh feum den chothrom airson sgrùdadh nas fharsainge air na cumhachan air fad agus ath-sgrùdadh am biodh e na b' fheàrr nam biodh ceangal aig na dreuchdan a th' ann ri amasan ro-innleachdail agus seirbheis.
92. Tha a' chomhairle air buidheann stiùiridh inbhe shingilte a stèidheachadh air a dhèanamh suas de bhuill, oifigearan agus riochdairean aonaidhean ciùird. Gu ruige seo cha d' fhuair a' chomhairle aon thagraidh airson pàigheadh co-ionann, ach chuidicheadh dòigh nas for-ghnìomhach a' comharrachadh dè dh'fhaodadh tagraidhean airson pàigheadh co-ionann a chosg agus càit a bheil na cothroman airson obair nas sùbailte.
93. Chan eil a' chomhairle a' dèanamh gu leòr gus dèanamh cinnteach gu bheil measadh luchd-obrach agus cothroman leasachaidh air an coileanadh gu h-èifeachdach. B' ann an 2002 a rinneadh beachdachadh corporra air a' phròiseas, agus tha coltas bhon bheagan fiosrachaidh air sgrùdadh a tha ri fhaotainn nach robh dùil aig cuid de sheirbheisean measadh a dhèanamh air a h-uile neach-obrach, agus cha do rinneadh a h-uile measadh a chaidh a phlanadh. Bha dà sheirbheis, coimhearsnachdan seasmhach agus obair shòisealta, nach tug cunntas air adhartas idir. Bha an raon cunnairt seo air a comharrachadh ann an sgrùdadh Riaghladh Corporra ann an 2003, ach chan eil comharra soilleir air cò air a tha an t-uallach airson dèiligeadh ri seo. Nuair a tha leasachadh luchd-obrach air a dhèanamh, chan fhaigh luchd-obrach an ùine dheth daonnan airson com-pàirteachadh ann an tachartasan trèanaidh.
94. Tha eadar-dhealachadh ann an conaltradh agus co-chomhairle ri luchd-obrach thar roinnean seirbheis agus àiteachan, agus tha luchd-obrach stèidhichte nas fhaide air falbh bho na prìomh oifisean ann an Steòrnabhagh den bheachd gum feum iad strì airson fiosrachadh fhaighinn. Chuir a' chomhairle air adhart buidhnean sònraichte le

luchd-obrach stèidhichte ann an oifisean sgìre ann an 2002 a sheall gun robh dragh air luchd-obrach mu dhroch chonaltradh, cion shiostam sgaoileadh-fiosrachaidh agus an comas air conaltradh nas fheàrr eadar roinnean. Cha do rinn a' chomhairle obair leanmhainn fhathast gus measadh a dhèanamh air adhartas agus faicinn càit an gabhadh tuilleadh leasachaidhean an dèanamh. Cha do rinn a' chomhairle sgrùdadh luchd-obrach coileanta agus chan eil planaichean aice sin a dhèanamh.

95. Bu chòir ullachadh co-dhùnaidh corporra Goireasan Daonna (HR) a bhith air a shoilleireachadh mar phàirt de sgrùdadh rianachd làithreach. Bu chòir don chomhairle beachdachadh air dè an ìre a gabhadh co-dhùnaidhean a bhith air an cur fo chùram mhanaidsearan. Aig an àm seo tha buill a' dèanamh co-dhùnaidhean air cùisean obrachaidh mionaideach, mar iarrtasan bho luchd-obrach fa leth airson atharrachaidhean ann an uairean no àiteachan obrach, agus iarrtasan airson fòrladh gun phàigheadh. Bheireadh sgrùdadh air modh co-dhùnaidh goireasan daonna cothrom do bhuill a' chuid as motha den aire a ghluasad gu cùisean HR nas ro-innleachdaile mar dealbhadh luchd-obrach, sgilean agus comas, agus leasachadh rianachd.

Rianachd ionmhais

Tha stiùbhartachd ionmhasail agus smachd ionmhasail na comhairle fallain, ach dh'fhaodadh a dòigh rianachd a bhith nas ro-innleachdaile agus feumaidh i buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh a dhealbh.

96. Bha a' chomhairle a' riaghladh buidseat teachd-a-steach de £98 millean ann an 2005/06 agus bha iasadachd fad-ùine aice de £182 millean agus iasadachd geàrr-ùine de £2.1 millean aig 31 Màrt 2005. Tha aithne aig a' chomhairle gum feum i fhathast buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh a ghabhail os làimh; gu ruige seo chuir suidheachadh buidseit cudrom air atharrachaidhean mean air mhean aig na h-oirean. Tha beachd coitcheann taobh a-staigh na comhairle cuideachd nach fhaighear air iomairtean ùra a thòiseachadh ach le bhith a' faighinn tuilleadh airgid. 'S e a tha fìor gu bheil cudroman buidseit ag iarraidh sùbailteachd buidseit agus mothachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid aghaidh a chur air prìomh-amasan. Feumar ceanglaichean a stèidheachadh cuideachd ri rianachd coileanaidh gus am bi buill thaghte a' faighinn fiosrachadh mu dè tha air a choileanadh le na stòrasan a thathar a' cosg air gach gnìomh.
97. Tha a' chomhairle a' tuigsinn an fheum air a h-ullachadh airson buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh a dhealbh gus dèanamh cinnteach gu bheil i a' faighinn a' mhath as fheàrr às na stòrasan a th' aice. Tha dearbhadh ann gu bheil a' chomhairle gnìomhach ann am faighinn maoinachadh bhon taobh a-muigh airson pròiseactan agus tha i air dòigh-obrach measadh roghainnean èifeachdach a dhealbh airson pròiseactan calpa a chur an òrdugh tàbhachd.

98. Tha pròiseactan calpa air an sgòradh ri seata shlatan-tomhais agus tha seo a' toirt frèam airson pròiseactan a chur an òrdugh tàbhachd cothromach. Tha buill aig cridhe na modh seo agus tha e soilleir gun do rinn e cuideachadh mòr don chomhairle. Tha a' chomhairle air cùisean còmhail a chur an òrdugh tàbhachd thar nam bliadhnan mu dheireadh agus tha i an-dràsta a' cur cudrom còmhla ri a com-pàirtichean air leasachadh nan Eilean Siar mar ionad airson rannsachadh agus solar cumhachd ath-nuadhachail. Dh'fhaodadh an dòigh seo a chleachdadh cuideachd ann an dealbhadh agus riaghladh stòrasan eile.
99. Feumaidh a' chomhairle ro-innleachd ionmhasail èifeachdach a dhealbhadh agus a bhuileachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil prìomh-amasan nàiseanta, amasan corporra ionadail agus leasachaidhean seirbheis air an lìbhrigeadh. Tha modail buidseataidh trì bliadhna aig a' chomhairle ach chan eil seo fhathast gu h-iomlan a rèir a ro-innleachd chorporra agus planaichean seirbheis. Tha beagan adhartais air a dhèanamh ann am modh dealbhaidh 2006/07 far an robh na clàir-ama airson buidseatadh agus dealbhadh seirbheis a rèir a chèile airson a' chiad uair.
100. Bha suidheachadh ionmhais na comhairle fallain aig 31 Màrt 2005, ged a tha iomadh cudrom ionmhasail mu coinneamh a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag èirigh bho inbhe shingilte agus an cudrom cosgais co-cheangailte ri greisean-gnìomhachais air tìr-mòr airson luchd-dèiligidh obair shòisealta. Dh'aontaich a' chomhairle ro-innleachd airson cùl-stòran agus corran ionmhais san Dùbhlachd 2005 agus tha i a' gealltainn an suidheachaidh ath-sgrùdadh gach bliadhna mar phàirt den bhuidseat. Tha siostaman èifeachdach aice airson smachd air a' bhuidseat agus rianachd ionmhais, ach tha grunn laigsean smachd ann am prìomh mhodhan ionmhasail mar rolla-pàighidh, luchd-fiach agus màl thaighean.
101. Tha buill a' faighinn geàrr-aithisg air fiosrachadh ionmhasail gach ràith, ach tha comas air seo a leasachadh gus am faigh iad air com-pàirt ceart a ghabhail ann an sgrùdadh agus co-dhùnaidhean ionmhasail. Mar eisimpleir, cha d' fhuair buill mòran fiosrachaidh air buaidh cudroman ionmhasail ag èirigh bho ghreisean-gnìomhachais air tìr-mòr air a' bhuidseat obair shòisealta.
102. Tha mòran maoinachadh iomairt sealach aig a' chomhairle agus b' ann o chionn ghoirid a thòisich i a' dealbh ro-innleachdan dol am feabhas air an son. Thathar den bheachd nach eil iomairtean air tìr-mòr daonnan 'a' freagairt' gu math air na h-Eileanan. Gu sònraichte, tha coltas gu bheil taigheadas an urra ri maoinachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba agus seirbheisean teicnigeach air maoinachadh bhon taobh a-muigh (ERDF) airson leasachaidhean còmhail.

Rianachd maoin

Chan eil a' chomhairle a' riaghladh a maoin ann an dòigh ro-innleachdail. Tha i anns na tràth ìrean ann an dealbh dòigh-obrach chorporra airson rianachd so-mhaoin.

103. Aig 31 Màrt 2005 bha maoin iomlan de £203 millean aig a' chomhairle. Tha dearbhadh ann gu bheil togalaichean na comhairle gan cleachdadh airson buannachd na coimhearsnachd san fharsaingeachd; mar eisimpleir, tha Sgoil Lionacleit a' gabhail a-steach leabharlann, taigh-tasgaidh agus goireasan cur-seachad agus solar bidhe. Ach, tha a' chomhairle gun dòigh ro-innleachdail a dhealbh airson rianachd so-mhaoin agus aig an àm seo tha maoin air a riaghladh aig ìre roinne agus air fhaicinn mar chuid na comataidh/roinne seach stòras corporra.
104. Chan eil planaichean rianachd so-mhaoin aig a' chomhairle airson gin de na maoin aice ach a-mhàin airson sgoiltean, ach tha i an dùil dèiligeadh ri seo tro fhadhadh oifigeir dealbhaidh rianachd so-mhaoin agus tuilleadh obrach le buidheann Dealbhadh Rianachd So-mhaoin air a ruith le stiùiriche seirbheisean teicnigeach.
105. Tha iomagainean taobh a-staigh na comhairle nach bi stòrasan buidseat gu leòr gus a maoin a chumail a' dol mar a tha e. Chan eil an Ro-innleachd Sgoiltean a' gabhail a-steach measadh air staid fisiceach sgoiltean, a tha riatanach ann gus buaidh a thoirt air a' phrògram PPP, agus tha buill air a ràdh gu bheil iomagain orra nach eil am fiosrachadh seo ri fhaotainn. Thug an t-iarrrtas margaidh ìosal airson thaighean anns na h-Eileanan cuideachd buaidh air a' chomas air com-pàirtiche PPP fhaighinn.
106. Feumar rianachd so-mhaoin a dhèanamh na phrìomh phàirt de mhodh dealbhaidh ro-innleachdail ionmhasail na comhairle oir às aonais, chan fhaighear air feabhas luach ann an stiùbhartachd maoin a shealltainn.

Rianachd cunnairt

Tha a' chomhairle air frèam poileasaidh airson rianachd cunnairt agus stiùireadh leasaichte a stèidheachadh ach feumar barrachd a dhèanamh gus cultar rianachd cunnairt a chur an sàs tron bhuidheann gu lèir.

107. Tha a' chomhairle air clàr ro-innleachdail cunnairt a dhealbh agus tha roinnean an-dràsta a' leasachadh clàir cunnairt obrachaidh. Tha deagh structair aig an fhrèam rianachd cunnairt le dòigh-obrach eagarach, amasan SMART agus roinnean dleastanais soilleir.
108. Tha Buidheann Rianachd Cunnairt Ro-innleachdail os cionn prògram gus dòigh na comhairle airson rianachd cunnairt a chur ri chèile a' gabhail a-steach dealbhadh leantainneachd gnìomhachais, sgrùdadh cunnairt agus comharrachadh feuman trèanaidh.

Rianachd teicneòlas fiosrachaidh agus conaltraidh

A dh'aindeoin nàdar sgapte obair na comhairle thar nan Eilean Siar, chan eil ICTan gan cleachdadh mar stòras ro-innleachdail taobh a-staigh an ùghdarrais gus taic a thoirt do libhrigeadh seirbheis.

109. Chomharraich a' chomhairle an comas a tha teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT) a' toirt don roinn aice, gu sònraichte tro phròiseact bann leathann *Coimhearsnachdan Ceangailte*. Ach, cha do chuir a' chomhairle an seilbh ann an ICT thar nam bliadhnanachan. B' ann sa Mhàrt 2006 a chuir a' chomhairle aonta ri ro-innleachd ICT agus tha am mion-sgrùdadh a rinn i fhèin air aithisgean riaghailtean-measaidh SOCITIM bho 2004 a' sealltainn nach eil cosgaisean IT na comhairle, mar àireamh sa cheud de theachd-a-steach iomlan na comhairle, ach 0.78 sa cheud an coimeas ri 2.27 sa cheud gu nàiseanta agus chan eil cosgais IT gach neach-obrach gach bliadhna ach £605 an coimeas ri £2,368 gu nàiseanta. Tha an t-seirbheis a' comharrachadh cion stòrasan luchd-obrach a lean gu cion adhartais le leasachadh làrach-lìn agus cudroman airson taic a thoirt do phrìomh shiostaman chleachdaidhean agus PCan.
110. B' e adhartas truagh a rinn a' chomhairle air libhrigeadh seirbheis eileactronaigeach. Mar eisimpleir, anns na toraidhean a chaidh am foillseachadh san Fhaoilleach 2006, bha libhrigeadh fiosrachaidh air-loidhne nas isle na comhairle sam bith eile ann an Alba agus bha an t-adhartas air libhrigeadh eadar-obrachadh gach cuid aon agus dà shlighe agus cuideachd bha glè bheag de làn mhalairt air-loidhne. Ach, tha a' chomhairle air lìonradh bhuan a stèidheachadh agus air tòiseachadh a' toirt bathar cruaidh agus bathar bog gu bun-tomhas far am bi e comasach. Tha i cuideachd a' gabhail pàirt anns a' phròiseact Solar Eadar-lìn nàiseanta.

Solar

Tha ullachadh solair na comhairle di-leasaichte.

111. Tha aithne aig a' chomhairle gum faod a co-dhùnaidhean a thaobh solair buaidh mhòr a thoirt air an eaconamaidh ionadail agus tha i ag iarraidh prìs a chothromachadh ri buaidhean eaconamach a co-dhùnaidhean san fharsaingeachd. Tha aithne aig a' chomhairle air an eadar-dhealachadh ann an solar bathair agus sheirbheisean aig a' phrìs as fheàrr a tha ri fhaotainn le amas a bhith a' cuideachadh a' cumail suas eaconamaidh nan Eilean Siar. Ann an 2004/05 sholar a' chomhairle bathar, seirbheisean agus maoin calpa de mu £43 millean gu h-iomlan. Bidh a' chomhairle a' solar sheirbheisean in-thaigh, bho na roinnean prìobhaideach agus saor-thoileach agus ann an com-pàirteachas ri buidhnean poblach eile.
112. Gu ruige seo, tha a' chomhairle air beagan obair solair sa mheadhan a dhèanamh agus bidh roinnean a' dèanamh mòran den t-solar aca fhèin. Thathar den bheachd gun do lean seo gu cosgais 'far-chùmhnant' ach nach eil fiosrachadh air rianachd ann a nì

measadh air dè cho mòr 's a tha seo. Tha aithisgean cunbhalach air solair air an cur chun an CMT ach chan eil iad sin a' gabhail a-steach pàipearan agus cosgaisean oir chan eil mòran fiosrachadh air rianachd ri fhaotainn. Chan eil e soilleir gun deach gabhail ris an t-solar sin mar chùis chorporra anns a bheil com-pàirt aig a h-uile stiùiriche.

113. Tha ro-innleachd, poileasaidh agus modhan solair stèidhichte aig a' chomhairle agus tha i an-dràsta a' gabhail pàirt ann an tairgse Solar Eadar-lìn nàiseanta gu Riaghaltas na h-Alba, a tha ag amas air 'Sàr-ionad' a chruthachadh agus a bhith a' dèanamh sàbhalaichean èifeachdais. Ghabh molaidhean èifeachdais a fhuair Comataidh Poileasaidh agus Stòrais sa Ghearran 2006 a-steach £500,000 ann an sàbhalaichean a bhiodh comasach. Tha a' chomhairle an dùil a' chiad cheum de shiostam Solar Eadar-lìn coitcheann a chur an gnìomh ro dheireadh 2006.
114. Tha beagan dearbhaidh air co-cheannachd còmhla ri buidhnean eile, mar eisimpleir tron Cho-bhanntachd Ceannachd nan Ùghdarras agus le bhith a' cleachdadh cunnraidhean a fhuair cuideachadh airson charbadan aotrom. Chaidh beagan obrach a dhèanamh cuideachd gus bathar agus solar pàirtean charbadan agus stuthan oifis a reusantachadh.

Farpaiseachd

'S urrainn don chomhairle farpaiseachd a shealltainn ann am mòran de na dleastanasan CCT a rinneadh roimhe ach feumaidh i Feabhas Luach a shealltainn ann an grunn de a h-obraichean malairt làithreach.

115. Tha eaconamaidh measgaichte aig a' chomhairle airson ullachadh sheirbheisean. Tha i air làthaireachd margaidh a chumail suas a chuidicheas a' riaghladh na margaidh agus a cumail gun a bhith ro mhòr an crochadh air cunnadairean prìobhaideach, ach fhathast a' toirt taic don eaconamaidh ionadail.
116. Tha còig Buidhnean Malairt Cudromach (STOan) aig a' chomhairle: Seirbheis nam Busaichean, Rathaidean-mòra, Togail Sgudail, Cumail Suas Thogalaichean agus Connadh aig Cidheachan Iasgach. Tha amas ionmhasail reachdail aca sin a bhith cothromach air stèidh thrì bliadhna. Tha còig Obraichean Malairt (TOan) eile aig a' chomhairle cuideachd: Glanadh, *Solar Biadh*-sgoile, *Solar Bidhe* eile, Garaids, agus Cladhan.
117. Bha a h-uile obair a tha a' dèanamh suas nan STOan air a chur gu tairgseachadh farpaiseach bho 2000 ach a-mhàin Solais Sràide, a bhios na phàirt de STO Rathaidean-mòra bho 2006, agus Connadh aig Cidheachan Iasgach, nach do thòisich gu 2005. Bha grunn air an roinn a rèir sgìre agus air an toirt do mheasgachadh de cunnadairean in-thaigh agus bhon taobh a-muigh.

118. Rinn Seirbheis nam Busaichean call ann an 2005/06 agus mar sin cha d' fhuair e air coinneachadh ris an amas reachdail a bhith cothromach thar na h-ùine trì bliadhna. Chan eil Cidheachan lasgach ach anns an dara bliadhna obrachaidh aige agus mar sin cha bhi e air a mheasadh ris an amas reachdail ach tha duilgheadasan air a bhith acasan cuideachd. Tha a' chomhairle mothachail air na duilgheadasan sin. Tha i an dùil sgrùdadh feabhas luach a dhèanamh air Seirbheis nam Busaichean ann an 2007 agus thòisich i a' faighinn cunntasan ionmhasail gach mìos bho Màrt 2006. Thathar a' beachdachadh air diofar roghainnean dol am feabhas cuideachd, a' gabhail a-steach roghainn ceadachd margaidheachd, airson Connadh aig Cidheachan lasgach.
119. Tha coileanadh nan obraichean malairt air a sgrùdadh leis a' Bhòrd Malairt gach ràith. Tha eadar-dhealachadh ann an càileachd an fiosrachaidh anns na h-aithisgean sgrùdaidh ionmhasail a gheibh am bòrd agus cha robh aithisgean air glanadh thogalaichean, solarachadh bidhe ann an sgoiltean agus àiteachan eile faisg cho mionaideach ris an fheadhainn air glanadh agus cladhan.
120. Thathar a' sùileachadh gum bi obraichean malairt cothromach ann an 2005/06. Sheall solarachadh bidhe ann an sgoiltean easbaidh de £61,000 aig 31 Dùbhlachd 2005, ged a bha còrr beag ro-mheasta aig an deireadh-bliadhna. Tha an cunnradh seo nas àirde na stairsneach na comhairle os cionn a bheil obraichean malairt air am meas 'cudromach' agus mar sin feumaidh e coinneachadh ris an amas reachdail ionmhasail a bhith cothromach.

Co-ionannachd chothroman

Tha a' chomhairle air gealltanasan poileasaidh a thoirt do cho-ionannachd ach chan urrainn dhi adhartas a shealltainn.

121. Tha gealladh na comhairle airson ullachadh co-ionannachd cothruim air fhaicinn anns na prìomh ro-innleachdan aice. Tha poileasaidh farsaing *Co-ionannachd Làimhseachaidh agus Cothruim* a chaidh aontachadh sa Gearran 2004 agus a *Sgeama Co-ionannachd Cinnidh* leasaichte a' stiùireadh a dòigh-obrach. Ach, a dh'aindeoin nan geallaidhean poileasaidh sin, chan eil cùisean co-ionannachd chothroman fhathast air am filleadh a-steach thar na comhairle no air an amalachadh don dealbhadh agus leasachadh sheirbheisean. Mar eisimpleir, chan eil amalachadh soilleir air co-ionannachd chothroman taobh a-staigh modhan dealbhadh gnìomhachais agus ullachadh rianachd coileanaidh na comhairle agus chan eil beachdachadh soilleir air a dhèanamh ann an sgrùdaidhean, ged a tha iad sin cuideachd nam pàirt den fheabhas luach.
122. Tha a' chomhairle air Ro-innleachd Co-ionannachd Cinnidh aontachadh a tha, mar a tha air iarraidh le reachdas, a' comharrachadh nan diofar sheirbheisean a tha i a' libhrigeadh a tha iomchaidh don dleastanas co-ionannachd cinnidh aice. Ach, chan

urrainn don chomhairle sealltainn a bheil i a' libhrigeadh co-ionannachd cinnidh, oir chan eil i a' cumail sùil air buaidh gin de na seirbheisean aice, le ullachadh sgrùdaidh air a chuingealachadh ri fastadh luchd-obrach. Tha a' chomhairle sa cheathramh de SPI as ìsle airson an àireamh sa cheud de luchd-obrach boireann am measg nan cosnaichean as àirde, ach bheir atharrachadh luchd-obrach ìosal beagan buaidh air a' cheum seo.

123. Cha do rinn a' chomhairle mòran adhartais fon Lethbhreith Ciorraim, agus tha i sa cheathramh as ìsle de chomhairlean an Alba airson a' Chomharra Coileanaidh Reachdail a tha a' gabhail a-steach na cùise seo. Ach, tha i air sgeama tabhartas calpa beag-sgèile a chruthachadh airson atharrachaidhean fisiceach a dhèanamh ri togalaichean nach buin don chomhairle gus cothrom nas fheàrr a thoirt do dhaoine ciorramach.
124. Aig an àm seo, leis nach urrainn don chomhairle tomhas soilleir a dhèanamh air coileanadh ri a h-amasan co-ionannachd chothroman, chan urrainn dhi deagh bhuilean a shealltainn airson a luchd-còmhnaidh no cumail ri na dleastanasan reachdail aice. Gus am bi i soilleir mu adhartas a tha i a' dèanamh ann an dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd, agus gus am bi freagairtean iomchaidh aice feumaidh a' chomhairle a bhith mòran nas rianail ann an comharrachadh, cruinneachadh, sgrùdadh agus toirt cunntas air fiosrachadh iomchaidh. Tha seo gu h-àraidh cudromach don chomhairle ann an coinneachadh ri a dleastanas reachdail a bhith a' sgrùdadh sheirbheisean a rèir mhion-bhuidheann agus a' sealltainn adhartas air a dleastanas coitcheann airson co-ionannachd cinnidh.

Leasachadh seasmhach

Tha dealas na comhairle airson leasachadh seasmhach follaiseach san dealbhadh ro-innleachdail aice agus tha i a' filleadh a-steach cùisean seasmhachd.

125. Tha dealas na comhairle airson leasachadh seasmhach follaiseach anns na planaichean agus ro-innleachdan aice agus tha i mothachail air cho cudromach 's tha e a bhith a cur aghaidh air dùbhlain sòisealta, eaconamach agus na h-àrainneachd. Ged is e tagraidhean tuath-gaoithe as motha a tha air a clàr-gnothaich leasachadh seasmhach aig an àm seo, feumaidh a' chomhairle leasachaidhean a dhèanamh ann an roinnean eile, a' gabhail a-steach rianachd ath-chuairteachaidh agus cumhachd. Feumaidh i cuideachd leasachadh a dhèanamh air a dòigh air a bhith a' tomhas buaidh air a cuspairean seasmhachd.
126. 'S e cùis riatanach a th' ann an leasachadh seasmhach do na h-Eileanan Siar agus don chomhairle. A thuilleadh air an fheum air an àrainneachd ionadail a dhion, tha dùbhlain mòra mu choinneamh nan Eilean Siar airson seasmhachd a h-eaconamaidh agus a

coimhearsnachdan mar thoradh air an àireamh-sluaigh a' lùghdachadh agus mar a tha an eaconamaidh an urra ris an roinn phoblach.

127. Tha a' chomhairle air adhartas a dhèanamh ann an àrdachadh ìomhaigh leasachadh seasmhach agus ga filleadh a-steach taobh a-staigh a h-obrach. Tha seo air gabhail a-steach stèidheachadh Buidheann-obrach Oifigearan Gnè-beatha, a tha air liosta-sgrùdaidh seasmhachd fheumail a dhealbh airson a chleachdadh ann am measadh phròiseactan teachd-a-steach agus calpa. Chaidh an liosta-sgrùdaidh a phìolatadh air beagan pròiseactan, mar na pròiseactan Rianachd Dàimh ri Luchd-cleachdaidh agus pròiseactan Leasachadh Cùraim Uibhist a Deas. Tha comas ann don chomhairle leasachadh a dhèanamh air filleadh a-steach seasmhachd taobh a-staigh a h-obrach le bhith a' leudachadh cleachdadh an liosta-sgrùdaidh seo gu prìomh roinnean eile mar leasachadh poileasaidh agus sgrùdaidhean seirbheis.
128. Bha am buidheann-obrach cuideachd na sponsair air obair ann an lùghdachadh sgudail agus cleachdadh cumhachd agus thug e air adhart diofar cheuman coileanadh seasmhachd. Tha iad sin nan ceum cudromach air adhart ann an cuideachadh na comhairle a' dèanamh tomhas cothromach air a bheil seirbheisean air an solarachadh ann an dòigh sheasmhach, ach aig àm an sgrùdaidh againn cha robh a' chomhairle air na ceuman aontachadh no air tòiseachadh a' sgrùdadh a coileanadh riutha.
129. Tha ùidh aig a' chomhairle ann an cumhachd ath-nuadhachail agus air aonta a chur, ann am prionnsabal, ri leasachadh na tuath-gaoithe as àirde san RA. 'S e an rùn a bhith na reiceadair a-mach lom air cumhachd agus deagh theachd-a-steach fhaighinn do na h-Eileanan Siar. Bidh adhartas an urra ri co-dhùnadh bho Riaghaltas na h-Alba. Ma thèid na pròiseactan air adhart tha a' chomhairle air aontachadh gum bi pàirt den teachd-a-steach air a chur ri taic do phròiseactan eile airson seasmhachd nan eilean agus tha i air Urras Leasachaidh nan Eilean Siar a stèidheachadh gus an airgead sin a libhrigeadh.
130. Tha dealas na comhairle airson cleachdadh cumhachd nas comasaiche air a shealltainn anns a' Phoileasaidh Rianachd Cumhachd agus Uisge aice, a bha air a dhealbh san Dùbhlachd 2005. Tha am poileasaidh car ùr agus chan eil dàta ri fhaotainn aig an àm seo gus sùil a chumail air adhartas, ach tha amasan soilleir ann a chomharraich ceuman soirbheachaidh.
131. Ann an 2004/05, cha do dh'ath-chuairtich a' chomhairle ach mu 7.4 sa cheud den sgudal a chaidh a thogail, aon de na h-ìrean as ìsle ann an Alba (ged nach eil cinnt gu bheil seo ceart oir bha an dàta SPI air a mheas neo-earbsach.) Bha a h-ìre ath-chuairteachaidh, nach robh air a dhol mòran nas fheàrr bhon bhliadhna roimhe, nas lugha na dara leth na cuibheasachd nàiseanta de 17.6 sa cheud agus bha e fada goirid

air targaid ath-chuairteachadh sgudail Riaghaltas na h-Alba de 25 sa cheud ro 2006. 'S e an cion ghoireasan ath-chuairteachaidh san roinn aice am prìomh nì a tha a' toirt buaidh air coileanadh agus cion leasachaidh na comhairle. Tha i an-dràsta a' cur air dòigh goireas ath-chuairteachaidh ùr, a tha i a' sùileachadh a leasaicheas a coileanadh ann an 2006/07 agus a chuidicheas i a' coinneachadh ri na targaidean nàiseanta.

Pàirt 3: A bheil a' Chomhairle a' lìbhrigeadh seirbheisean poblach nas fheàrr?

Tha cion frèam rianachd coileanadh làidir, adhartach a' ciallachadh nach urrainn don chomhairle comas agus èifeachdas a libhrigeadh seirbheis ann an iomadh roinn a shealltainn.

Far a bheil fiosrachadh air coileanadh ri fhaotainn, tha an dealbh measgaichte. Tha coileanadh foghlaim math, ach tha tuiteam rolla sgoiltean agus ro-mheasaidhean air àireamh-sluaigh a' ciallachadh gum feumar aghaidh a chur air togalaichean sgoile. Chan eil an coileanadh ann an seirbheisean eile sa chumantas a' leasachadh aig ìre a chumadh suas ris a' chuid as motha de dh'ùghdarrasan agus chan eil ro-innleachd soilleir aig a' chomhairle airson mar a leasaicheas i coileanadh seirbheis.

Coileanadh seirbheis

132. Bidh Sgrùdadh na h-Alba a' foillseachadh seata de 79 SPlan airson gach ùghdarras ionadail an Alba. Chan eil iad sin a' toirt dealbh coileanta air coileanadh thar gach seirbheis, ach tha iad a' toirt cothrom air beagan coimeis a dhèanamh eadar comhairlean agus thar ùine.
133. Feumar a bhith faiceallach nuair a thathar a' mìneachadh nan SPlan airson nan ùghdarrasan ionadail nas lugha agus anns na h-eileanan. Faodaidh làn luachan beaga buaidh mhòr a thoirt air tomhasan air àireamh sa cheud. Mar eisimpleir, tha a' chomhairle anns a' chiad àite airson an tomhas de sholais trafaig air an càradh taobh a-staigh 48 uairean a thìde, ach ann an 2004/05 cha robh aice ri chàradh ach 13, an dara àireamh a b' ìsle den h-uile comhairle an Alba. Chan eil a' chomhairle a' coileanadh gu math a bharrachd ann an cuid de roinnean far am biodh e reusanta sùileachadh gum biodh àireamhan beaga nam buannachd, mar eisimpleir 's e aon de na 20 togalaichean aig a' chomhairle a thathar a' meas ruigsinneach do dhaoine ciorramach.
134. Tha ceithir-deug tomhasan air a dhol sìos 5 sa cheud no barrachd bho 2002/03, agus tha 11 tomhasan air a dhol suas còig sa cheud no barrachd. Tha an co-mheas 0.79 leasachadh ri lùghdachadh seo nas miosa na cuibheasachd an Alba de 1.18. Ann an 2004/05, bha 21 comharran aig Comhairle nan Eilean Siar anns na h-ochd comhairlean a b' àirde coileanadh ann an Alba agus 16 comharran anns a' cheathramh as ìsle.

135. Bha aon-deug de na SPlan air an deach cunntas a thoirt ann an 2004/05 air am meas neo-earbsach mar thoradh air duilgheadasan cruinneachadh dàta co-cheangailte ri siostaman neo-ìomchaidh no mearachd clèireachd. Ann an 2003/04, bha ceithir SPlan air am meas neo-earbsach. Feumaidh a' chomhairle ceuman a ghabhail gus dèiligeadh ri seo mar chùis èiginn, gu h-àraidh às aonais ceuman coileanaidh eile.

Eisimpleir 4

SPlan 2004/05: Àireamh anns gach ceathramh a rèir roinn seirbheis

	Ceathramh as àirde	Ceathramh an meadhain	Ceathramh as ìsle	Neo-earbsach	Gun seirbheis	Gun chunntas
Obair Shòisealta Inbheach	7	2	1	5	0	0
Rianachd Shochairan	0	1	1	1	0	0
Seirbheisean Chloinne	4	1	3	0	1	0
Rianachd Corporra	5	2	4	0	0	0
Seirbheisean Cultarail & Coimhearsnachd	1	1	3	1	0	3
Seirbheisean Leasachaidh	0	5	1	0	0	0
Taigheadas	1	5	0	1	0	0
Seirbheisean Dion	1	4	1	0	2	0
Rathaidean & Solais	1	2	1	1	0	0
Rianachd Sgudail	1	2	1	2	0	0
Iomlan:	21	25	16	11	3	3
Àireamh sa cheud	27%	32%	20%	14%	4%	4%

SPlan: Atharrachadh ann an coileanadh eadar 2002/03 agus 2004/05


	Tomhasan a chaidh sìos ...			Tomhasan a chaidh suas		
	>15%	10-14%	5-9%	>15%	10-14%	5-9%
Cuibheasachd an Alba	6	2	4	9	2	3
Eilean Siar	5	6	3	7	3	1

Bun: Sgrùdadh na h-Alba

136. Tha an àireamh sa cheud de thomhasan anns a' cheathramh as ìsle air a dhol sìos bho 2002/03 ach tha an àireamh de thomhasan neo-earbsach/gun chunntas air a dhol suas. Tha an àireamh sa cheud de thomhasan a tha a-nis anns a' cheathramh as àirde an ìre mhath co-ionann ri 2002/03 a dh'aindeoin gluasad suas ann an 2003/04.

Eisimpleir 5

SPlan 2002/03-2004/05



Bun: Sgrùdadh Alba

137. Chleachd sinn dòigh stèidhichte air cunnart gus nan roinnean seirbheis airson obair sgrùdaidh a thaghadh. Chuir sinn cudrom sònraichte air seirbheisean aig a bheil pàirt dìreach ann an libhrigeadh phrìomh-amasan na comhairle; a tha a' coileanadh air leth math no dona a rèir fèin-mheasadh na comhairle; aig a bheil ìre caiteachais àrd; agus a tha ag ullachadh sheirbheisean don t-sluagh as so-leònte aig a' chomhairle. B' iad na roinnean a bha air an taghadh airson deuchainn nas mionaidiche: seirbheisean foghlaim, seirbheisean obair shòisealta agus cumail suas choimhearsnachdan, a' gabhail a-steach còmh-dhail agus taigheadas.

Foghlam

Tha coileanadh foghlaim sgoilearan anns na h-Eileanan Siar sa chumantas mòran nas àirde na cuibheasachd an Alba ach tha rolla sgoiltean a' tuiteam agus lùghdachadh ann an àireamh-sluaigh ro-mheasta a' ciallachadh gum feum a' chomhairle adhartas nas luaithe a dhèanamh air leasachadh agus ath-thaobhadh a togalaichean sgoile.


138. Tha 660 luchd-obrach ionann is làn-ùine (FTE) agus buidseat teachd-a-steach de £42 millean aig an roinn foghlaim ann an 2005/6. Tha ro-mheasaidhean air àireamh-sluaigh a' ro-aithris ro 2024 gum bi lùghdachadh 31 sa cheud anns a' bhuidheann aoise 0-15.
139. Tha coileanadh thar bliadhnanachan sgoile sa chumantas mòran nas àirde na cuibheasachd an Alba, ach chan eil coileanadh aig AS1 agus sàr àrd-ìre cho math.
140. Uile gu lèir, tha na h-ìrean coileanaidh ann am bun-sgoiltean nas fheàrr, an dèidh lùghdachadh ann an 2002 agus bha na h-ìrean ann an leughadh agus matamataig nas

àirde na ìrean nàiseanta ann an 2004. Aig AS1/AS2, bha coileanadh ann an leughadh, sgrìobhadh agus matamataig air a dhol suas gu mòran nas àirde na ìrean nàiseanta aig ìre E no os a chionn ann an 2004. Bha an ìre leasachaidh air matamataig ann am bun-sgoiltean agus ann an AS1/AS2 mòran nas àirde na an ìre nàiseanta.

141. Thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, bha pàtrain ann an coileanadh sgoilearan ann an Teisteanas Nàiseanta caochlaideach, ach sheall na toraidhean as ùire gun robh coileanadh a rèir na cuibheasachd an Alba no mòran nas àirde. Bha tuiteam ann an coileanadh ann an cuid de ghnèithean thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, a' gabhail a-steach duaisean 5+ aig ìre 6 no nas fheàrr agus duais 1+ aig ìre 7 no nas fheàrr.

Eisimpleir 6

Coileanadh foghlaim



Bun: Aithisg Coileanaidh Bhliadhnail Chomhairle nan Eilean Siar 2004/05

142. 'S e a' chomhairle aon de dìreach dà ùghdarras anns a bheil cuid de sgoiltean a' solarachadh foghlam bho P1 troimhe gu S2. Bharrantaich i sgrùdadh neo-eisimeileach a chomharraich, am measg thoraidhean eile, neo-ionannachd chothroman airson

sgoilearan AS1/AS2 anns na sgoiltean sin a thaobh cothroman agus goireasan clàr-teagaisg. Tha adhartas ann an dèiligeadh ri na cùisean sin air a bhith slaodach. Bheachdaich seirbheisean comataidh foghlaim agus chloinne air an aithisg san Dùbhlachd 2004 agus cho-dhùin iad gun cumadh iad co-labhairt bhall. Mhol an co-labhairt gum biodh buidheann-obrach ball oifigear (MOWG) air a stèidheachadh, ach cha robh seo air a chur air bhonn gu Ògmhios 2005. Anns a' Ghearran 2006 bha an MOWG a' cur comhairle ri ceannardan-sgoile agus bùird-sgoile ach cha robh raon-ama ann airson obair na buidhne a chrìochnachadh.

143. Tha dùbhlain mòra mu choinneamh na comhairle ma bhios ro-mheasaidhean air àireamh-sluaigh seasmhach agus gum bi lùghdachadh 31 sa cheud anns a' bhuidheann aoise 0-15 aig 2024. Tha iomagain taobh a-staigh na comhairle mu sheasmhachd cosgais làithreach air foghlam agus na cothroman airson ionnsachadh agus leasachadh sòisealta sgoilearan.
144. Tha a' chomhairle air aithris nach bu chòir do chosgais solarachadh foghlaim anns na h-Eileanan Siar crìochan a chur ron àireamh de sgoiltean. Tha a' chomhairle air beagan adhartais a dhèanamh thar nan 14 bliadhna a chaidh seachad a' dèiligeadh ri ro bheag de sgoilearan ann an clasaichean tro phrògram reusantachadh sgoiltean. Tha an àireamh de bhun-sgoiltean air a dhol sìos bho 57 gu 39 agus an àireamh de àrd-sgoiltean bho 16 gu 11, ach tha seo air a bhith nas slaodaiche anns na bliadhnachan mu dheireadh.
145. An coimeas ri ùghdarrasan dùthchail co-ionann's ann aig a' chomhairle fhathast a tha a' chuibhreann as àirde de sgoiltean le àiteachan falamh le 77 sa cheud de bun-sgoiltean a' lìonadh nas lugha na 40 sa cheud de na h-àiteachan a tha rim faotainn. Cha b' e obair fhurasta a bh' ann a bhith a' dèiligeadh ri àiteachan falamh ann an roinn na bun-sgoile agus tha e follaiseach gu bheil cudroman ann fhathast, ochd bliadhna an dèidh diùltadh mhòlaidhean airson dèiligeadh ris a' chùis seo. Bha am moladh ann an 1997 airson gluasad air adhart mean air mhean air a dhealbh còmhla ri buill thaghte, ach dhiùlt a' Chomataidh Foghlaim e airson gabhail ri gluasad nach fhaodadh sgoiltean a bhith air an dùnadh gun chead na coimhearsnachd anns an robh iad. B' e seo poileasaidh na comhairle gu 2003.
146. Tha a' chomhairle a' dealbh ullachadh PPP gus a togalaichean sgoile a leasachadh agus ma shoirbhicheas seo bheir e buaidh air a comas air gluasad air adhart leis a' mhodail sgìre airson sgoiltean. Tha am moladh PPP a' leasachadh a dhà de na sgoiltean sgìre, leis a' mhaoineachadh a tha air fhàgail air a chur ri sgeadachadh na togalaichean sgoile a th' ann.

147. Rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (HMIE) sgrùdadh air an t-seirbheis foghlaim san Faoilleach 2003, agus chomharraich iad grunn roinnean airson leasachadh. Lean seo gu dà aithisg eile ann am Màrt 2004 agus Dàmhair 2005 agus mar sin rinn sinn feum dhiubh san obair sgrùdaidh againn.
148. Bidh sgrùdadh air Ùghdarras Foghlaim le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (HMIE) a' dèanamh measadh air càileachd bho shealladh 'Fìor Mhath', 'Math', 'Meadhanach Math' no 'Neo-thaitneach' thar aon-deug comharra. Ann an 2003, bhreithnich HMIE gun robh ullachadh 'Math' aig an roinn ann an trì earrannan; *co-chomhairleachadh, dealbhadh seirbheis agus leasachadh leantainneach ann an coileanadh*. Bha ochd earrannan air am meas 'Meadhanach Math'; *sealladh, luachan agus amasan, buaidh stiùiridh agus riaghlaidh, leasachadh poileasaidh, am meadhan conaltraidh, cleachdadh agus buaidh luchd-obrach ag obair on mheadhan, rianachd stòrais, rianachd agus tomhas ionmhais, sgrùdadh agus measadh coileanaidh*.
149. Tha an roinn foghlaim air a treòrachadh ro-innleachdail a leasachadh anns na bliadhnan a chaidh seachad. Cho-dhùin a' chiad sgrùdadh HMIE gun robh àrd-luchd-stiùiridh a' toirt mòran nas fhaide air obair gnìomhachaidh na air cùisean ro-innleachdail. Uile gu lèir, cho-dhùin an aithisg leanmhainn gun robh càileachd stiùireadh agus rianachd ro-innleachdail mòran na b' fheàrr agus gun robh ath-eagrachadh nan roinnean air leantainn gu barrachd soilleireachd ann an dleastanasan, raointean-obrach agus uallaichean luchd-obrach a tha ag obair on mheadhan. Bha an t-seirbheis air frèam gealltanais càileachd agus coileanaidh nas làidire a thoirt a-steach cuideachd. Uile gu lèir, cho-dhùin HMIE gun do nochd a' chomhairle dealas soilleir airson leasachadh air an taic agus an dùbhlán a tha i a' toirt do sgoiltean, ach gun gabhadh barrachd a dhèanamh gus na leasachaidhean sin a dhaingneachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil iad air am buileachadh gu cunbhalach thar gach sgoil agus seirbheis.
150. Feumaidh a' chomhairle fhathast co-dhùnadh ciamar a libhrigeas i sreath amalaichte de sheirbheisean chloinne. Bha dàil ann an obair san roinn seo, anns na bliadhnan mu dheireadh chaidh beachdachadh air a' chùis aig diofar àm le MOWG, sgrùdadh feabhas luach air Plana Amalaichte Seirbheisean Chloinne, pàipear Seirbheis Chloinne Amalaichte air aontachadh le comataidh san Ògmhios 2005 agus thathar a' beachdachadh air a-nis mar phàirt de sgrùdadh bun agus bàrr a' cheannaird.
151. Tha pròiseact clàr-teagaisg eadar-dhealaichte, co-mhaoinichte le na roinnean foghlaim agus obair shòisealta agus le taic bhon t-seirbheis slàinte agus na poileis, air a bhith ag obair còmhla ri cuid de na sgoilearan as dùbhlanach san ùghdarras far an robh cunnart gum feumadh iad an cur gu tìr-mòr. Shoirbhich na sgoilearan nas sine air a' phròiseact air cùrsaichean ann an Colaisde a' Chaisteil agus tha feadhainn eile air

obair fhaighinn, agus thug pàrantan beachdan fàbharach mu bhuidh na sgeama air a' chloinn aca.

152. Tha an t-seirbheis foghlaim anns na h-Eileanan Siar a' toirt cothrom do chloinn a bhith air an teagasg anns a' Ghàidhlig. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na phrìomh cho-phàirt de phoileasaidh Gàidhlig na comhairle agus anns a' chiad dà bhliadhna de fhoghlam sa bhun-sgoil tha an t-seirbheis ag amas air a' chlàr-teagaisg a libhrigeadh anns a' Ghàidhlig. Anns na bliadhnachan a leanas bidh Beurla air a thoirt a-steach mean air mhean agus aig Bun-sgoil 7 's e an t-amas gum bi comas co-ionann aig cloinn ann am Beurla agus Gàidhlig. Chan eil seo cuibhrichte ri luchd-labhairt Gàidhlig agus tha e airson gum bi deagh chomas aig a h-uile sgoilear agus oileanach ann an cleachdadh an dà chànan. Tha a' chomhairle a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 25 de na 40 sgoiltean aice. Ann an sgoiltean le aonadan meadhan-Gàidhlig, bha an àireamh sa cheud de sgoilearan a' roghnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a dhol suas ann an 2004 gu 2005, bho mu aon às gach triùir gu beagan nas lugha na dara leth nan sgoilearan. Tha amas fad-ùine aig a' chomhairle gur e luchd-labhairt Gàidhlig a bhios ann an luchd-teagaisg chlasaichean sa bhun-sgoil agus, còmhla ri bhith a' leasachadh sgilean sa Ghàidhlig ann an clann-sgoile, tha foghlam coimhearsnachd cuideachd a' ruith chlasaichean don choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Obair shòisealta

Ged a tha caiteachas air seirbheisean obair shòisealta air a dhol suas gu mòr anns na bliadhnan mu dheireadh, chan urrainn don chomhairle sealltainn do luchd-cleachdaidh sheirbheisean no buill thaghte gun do lean seo gu leasachaidhean thar a diofar sheirbheisean.

153. Tha sgioban coitcheann agus spèisealta san roinn obair shòisealta. Tha sgioban spèisealta stèidhichte ann an Leòdhas agus na Hearadh agus tha sgioba choitcheann anns na h-Uibhistean, Beinn na Fadhlaidh agus Barraigh. Bha 435 luchd-obrach FTE agus buidseat teachd-a-steach de £13.2 millean aig an roinn ann an 2005/06.
154. Fhuair an t-seirbheis ìre àrd de rannsachadh agus taic bhon taobh a-muigh anns na mìosan mu dheireadh a' gabhail a-steach rannsachadh Buidheann Sgrùdaidh Obair Shòisealta (SWIA) rannsachadh air seirbheisean dìon chloinne, sgrùdadh air seirbheisean ciorramachd ionnsachaidh, agus co-obrachadh leis an Sgioba Co-leasachaidh gus taic a thoirt do leasachaidhean ann an obair slàinte. Rinn sin feum den obair seo airson ar sgrùdadh chunntasan. Tha an SWIA air a bhith a' dèanamh sgrùdadh domhain air coileanadh nan seirbheisean obair shòisealta agus ceartas eucorach ann an earrach 2006 agus tha e an dùil cunntas a thoirt nas fhaide den bhliadhna.
155. Chaidh caiteachas air seirbheisean obair shòisealta suas bho £9 millean gu £13.6 millean ann an còig bliadhna eadar 1999 agus 2004 ach le glè bheag fiosrachaidh air rianachd coileanaidh chan urrainn don t-seirbheis sealltainn mar a rinn seo leasachadh air seirbheisean. Aig an àm seo tha an t-seirbheis an urra ri SPlan agus fiosrachadh neo-fhoirmeil air ais bho bhuill thaghte agus luchd-dèiligidh gus coileanadh a thomhas.
156. Tha eachdraidh de chus cosgais aig an t-seirbheis, gu tric co-cheangailte ri greisean-ghnìomhachais air tìr-mòr agus ullachadh taic domhain. Thathar a' stèidheachadh maoin air fheansadh dheth fo stiùir a' cheannaird gus buaidh nan cùisean sin air a' bhuidseat a riaghladh.
157. Tha a' chomhairle agus a com-pàirtichean a' dealbh planaichean a dh'atharraicheas structair sheirbheisean obair shòisealta anns na h-Eileanan Siar. Ma bhios iad air am buileachadh, bidh seirbheisean ceartas eucorach air an libhrigeadh mar phàirt de Ùghdarras Ceartas Coimhearsnachd Taobh Tuath na h-Alba, agus bidh libhrigeadh sheirbheisean cùram sa choimhearsnachd ag atharrachadh cuideachd mar a bhios na planaichean airson leasachadh air com-pàirteachasan Slàinte Coimhearsnachd agus Cùram Sòisealta a' dol air adhart.

Cùram còmhnaidheach agus san dachaigh

Tha coileanadh ann an cùram còmhnaidheach agus cùram san dachaigh math sa chumantas ach feumar aghaidh a chur air cùisean rianachd luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gun gabh an coileanadh seo a chumail suas.

158. Tha na SPlan a' sealltainn coileanadh math ann an cùram san dachaigh do sheann daoine, le ìrean àrda ullachaidh airson taic dian san dachaigh. Bha SPlan anns a' cheathramh a b' àirde airson 2004/05 aig an t-seirbheis airson grunn ghnìomhan:
- An àireamh sa cheud de luchd-obrach barrantaichte ag obair ann an dachaighean cùraim (66 a-mach à 113 luchd-obrach).
 - An àireamh sa cheud de àiteachan ann an dachaighean cùram còmhnaidheach do sheann daoine aig a bheil rumannan singilte (na 167 àiteachan uile).
 - An àireamh sa cheud de àiteachan cùram còmhnaidheach do inbhich eile aig a bheil rumannan singilte agus goireasan en suite (na 16 àiteachan uile).
 - Na h-uairean de chùram san dachaigh air an toirt do dhaoine aois 65 agus nas sine agus an àireamh de luchd-dèiligidh a' faighinn cùram feasgar no tron oidhche.
159. Tha an t-seirbheis cuideachd a' tòiseachadh a' libhrigeadh barrachd cùraim feasgar, tron oidhche agus aig an deireadh-sheachdain, agus tha seirbheis siubhail airson cùram san dachaigh tron oidhche ann an cuid de sgìrean nan Eilean Siar a-nis.
160. Ach tha grunn roinnean airson leasachaidh ann. Bharrantaich an roinn Oilthigh Ghlaschu gus sgrùdadh a dhèanamh air seirbheisean cùram san dachaigh agus dh'ullaich iad aithisg san Fhaoilleach 2005. Cho-dhùin an aithisg gun robh an t-seirbheis a' coileanadh gu math ach rinn i grunn mholaidhean, gu h-àraidh a thaobh luchd-obrach cùram san dachaigh. Aig an àm seo chan eil uairean cinnteach aig luchd-obrach agus tha atharrachadh luchd-obrach àrd, 's iad a' rognachadh cosnadh eadar-dhealaichte le teachd-a-steach cinnteach. Tha sgeama pìolat aig an roinn an-dràsta a tha ag amas air a' chùis seo fhuasgladh.
161. Tha luchd-cùraim san dachaigh cuideachd air a bhith ag obair o chionn greis le treòrachadh cuingichte air riaghladh loidhne. Tha dreuchdan co-òrdanaiche cùram san dachaigh air an toirt a-steach, agus tha e cudromach gum bi an stiùireadh do luchd-cùraim san dachaigh a' dèanamh cinnteach gum faigh iad measaidhean agus cothroman leasachaidh. Tha e soilleir gu bheil luchd-cùraim san dachaigh ag iarraidh tuilleadh chothroman a bhith a' co-roinn ionnsachadh agus deagh chleachdadh agus bu chòir gum biodh an co-phròiseact leis a' bhòrd slàinte air leasachadh luchd-obrach, ged a tha e aig ìre thràth, feumail gus coinneachadh ris an fheum seo.

162. An dèidh mion-sgrùdadh coimeasach ri seirbheisean obair shòisealta eile, tha Buidheann-obrach Ionmhais na comhairle air caiteachas cùram san dachaigh ath-sgrùdadh gus ullachadh a thoirt nas motha a rèir chomhairlean eile ann an Alba. Ged a tha comharrachadh chomasan deatamach tha e cudromach gum bi a' chomhairle a' cumail sùil air a comas air dèiligeadh ris an iarrtas bho shluagh anns na h-Eileanan Siar anns a bheil an àireamh de sheann daoine a' sìor mheudachadh.

Clann agus teaghlaichean

Fhuair seirbheisean chloinne agus teaghlaich obair shòisealta càineadh ann an aithisg SWIA o chionn ghoirid co-cheangailte ri cùis droch dhìol chloinne làn-fhollaiseach. Thathar a' toirt a molaidhean gu buil agus tha beagan chomharran air leasachadh.

163. Ann an 2005, dh'fhoillsich an SWIA aithisg air àite na comhairle agus buidhnean eile ann an cùis dìon chloinne. Cho-dhùin an aithisg gun deach a' chlann bho aon de na teaghlaichean tro fhìor dhroch dhìol fad-ùine; gum bu chòir do chleachdaichean agus manaidsèaran obair shòisealta a bhith air gluasad na bu luaithe gus a' chloinn a dhìon; agus gun robh cuid de na co-dhùnidhean a rinneadh fada ceàrr. Cho-dhùin an aithisg cuideachd nach do dhèilig luchd-slàinte proifeiseanta gu h-ìomchaidh ri na cùisean dìon chloinne a dh'fhaodadh an adhbharachadh le duilgheadasan slàinte agus àmhghar na cloinne, agus nach robh na siostaman aig a' Bhòrd Slàinte a bheireadh taic do luchd-slàinte proifeiseanta a' dìon na cloinne.
164. Tha an t-seirbheis air ceuman a ghabhail gus aghaidh a chur air molaidhean na h-aithisge, mar eisimpleir le bhith a' stèidheachadh dreuchd prìomh oifigear airson ìrean, ach tha i gun aontachadh ciamar a nithear cinnteach gum bi cothrom air an diofar seòrsa comais a dh'fheumar airson cùisean ioma-fhillte. Bha mothachadh san aithisg gum biodh seo doirbh do roinn mar na h-Eileanan Siar. Chaidh tòiseachadh o chionn greis a' beachdachadh air goireas a stèidheachadh do Alba gu lèir airson comhairle mu chùisean ioma-fhillte ach chan eilear cinnteach gun tig e gu buil, agus feumaidh a' chomhairle co-dhùnadh ciamar eile a gheibh i eòlaiche spèisealta nuair a bhios feum air.

Ceartas eucorach

165. Ann an 2002/03 agus 2003/04 bha SPlan seirbheis ceartas eucorach am measg an fheadhainn a b' fheàrr ann an Alba. Ach, ann an 2004/05 bha na comharran air an rangachadh neo-earbsach agus às aonais comharran ionadail eile chan eil e comasach don chomhairle measadh pongail a dhèanamh air a coileanadh fhèin anns an roinn seo. Tha iarrtas tron Ùghdarras Ceartas Coimhearsnachd ùr air fad airson na roinne, a bhith a' dealbh ceuman ionadail ìomchaidh agus feumaidh a' chomhairle dèiligeadh ris a' chion mhòr rianachd coileanadh seo mar chùis èiginn.

Cumail suas coimhearsnachdan

Tha cumail suas coimhearsnachdan ionadail agus dèanamh cinnteach gum bi an soirbheas san àm ri teachd na phrìomh-amas chudromach don chomhairle, agus tha i a' dèiligeadh ri seo thar diofar roinnean seirbheis.

166. Tha roinn coimhearsnachdan seasmhach a' libhrigeadh iomadh seòrsa seirbheis eadar-dhealaichte a' gabhail a-steach: smachd dealbhaidh agus togail, seirbheisean sgudail, slàinte na h-àrainneachd agus inbhean malairt, leasachadh eaconamach, na h-ealain agus cur-seachad agus foghlam is leasachadh coimhearsnachd. Tha 282 luchd-obrach anns an roinn agus bha buidseat teachd-a-steach de £8.6 millean aice ann an 2005/6.
167. Ann an 2005/06 bha iomadh dùbhlán mòr mu choinneamh na comhairle, gu sònraichte làimhseachadh an dà iarrtas dealbhaidh airson leasachaidhean tuath-gaoithe a bu mhotha ann am Breatann, buileachadh ro-innleachd sgudail, leasachadh trì goireasan spòrs mòra, leasachadh ionad ealain roinneil còmhla ri comhairle nan ealan agus companaidh coimhearsnachd, leudachadh taic taigheadais san roinn phrìobhaideach, agus Ionad Comhairle Consumer Direct anns na h-Eileanan Siar. Thug seo buaidh air coileanadh cuid de phrìomh sheirbheisean, mar seirbheisean na h-àrainneachd agus smachd leasachaidh. Tha solarachadh neo-chothromach air mòran de na seirbheisean sin thar nan eilean agus chan eil iad a' coileanadh gu math a rèir thargaidean nàiseanta. 'S iad na prìomh roinnean iomagain caochlaideachd taic coimhearsnachd thar nan Eilean Siar, cion bun-structair agus seirbheisean airson dealachadh sgudail, gu h-àraidh sgudal ghoireasan catharra, agus seirbheisean brosnachadh slàinte

Seirbheisean na h-àrainneachd

Tha coileanadh na comhairle air seirbheisean na h-àrainneachd, mar a sheall na SPlan, truagh an coimeas ri comhairlean eile an Alba. Tha a' chomhairle a' sùileachadh gun lean buileachadh a Ro-innleachd Sgudail gu leasachaidhean mòra ann an 2006/07.

168. Bha cosgaisean togail sgudail agus cosgaisean glanadh sgudail ann an 2004/05 nas àirde na cuibheasachd an Alba, ach bha cosgaisean togail nas fhaisge air comhairlean eile anns na h-Eileanan.
169. Cha coileanadh na comhairle air ath-chuairteachadh soilleir oir bha an SPI air a mheas neo-earbsach. Tha an t-seirbheis sgudail a' sùileachadh nach seall a coileanadh airson 2005/06 mòran piseach, ach tha i cinnteach nach fhada gus am bi iomadh leasachadh ann lean aon uair 's gum bi na goireasan ath-chuairteachaidh a thathar a' cur air dòigh aig an àm seo deiseil. Ann an aithisg às ùr chun a' chom-pàirteachas dealbhadh coimhearsnachd sa Mhàrt 2006 thuirt a' chomhairle gun do rinn i adhartas air Ro-innleachd Sgudail nan Eilean Siar. Tha an lionradh phuingean togail stuthan ath-chuairteachaidh ann an sgìrean dùthchail air an leudachadh, tha seirbheis togail aig oir

an rathaid airson glainne, plastaig, canastairean agus pàipear air a chur air dòigh airson casg sgudail, foghlam coimhearsnachd agus mothachaidh gan stèidheachadh. Thathar a' togail siostam amalaichte *anaerobic digestion* agus tothair agus tha a' chomhairle a' sùileachadh gum bi 158,000 tonna de sgudal munaiseapail *bio-degradable* agus 44,000 tonna de stuthan a ghabhas ath-chuairteachadh air an cumail bho lìonadh air tìr aig 2020.

Seirbheisean riaghlaidh

Tha coileanadh sheirbheisean riaghlaidh measgaichte. Tha coileanadh math air sgrùdaidhean slàinteachas bidhe, ach droch choileanadh ann an dèiligeadh ri iarrtasan dealbhaidh do chinn-taighe, ach tha buaidh air a bhith aig dèiligeadh ri prìomh iarrtasan dealbhaidh.

170. Sheall a' chomhairle coileanadh fìor mhath air sgrùdaidhean slàinteachas bidhe, a' coileanadh 100 sa cheud de sgrùdaidhean air togalaichean anns a' ghnè cunnairt as àirde taobh a-staigh shìa mìosan. Taobh a-staigh na gnè cunnairt sa ìsle choilean i 96.8 sa cheud de sgrùdaidhean ann an tìde an coimeas ris a' chuibheasachd nàiseanta de 95.7 sa cheud.
171. Tha treòrachadh dealbhaidh nàiseanta ann le targaidean airson dèiligeadh ri iarrtasan dealbhaidh, ach aig an àm seo 's e glè bheag de chomhairlean a tha a' coinneachadh ri na targaidean sin. 'S e an ùine amais airson dèiligeadh ris a h-uile iarrtas dealbhaidh 80 sa cheud taobh a-staigh dà mhìos agus a bhith a' dèiligeadh ri 90 sa cheud de iarrtasan ceann-taighe taobh a-staigh dà mhìos. Cha do choilean a' chomhairle na h-ìrean nàiseanta, a' dèiligeadh ri dìreach 66.4 sa cheud de iarrtasan ceann-taighe taobh a-staigh dà mhìos. Chan e a-mhàin gu bheil a coileanadh nas ìsle na cuibheasachd an Alba de 78.3 sa cheud ach cuideachd mòran nas ìsle na an 86.6 sa cheud a chaidh a choileanadh anns a' bhliadhna roimhe. Ach, tha dùbhlain mòra air a bhith aig an t-seirbheis, gu sònraichte dèiligeadh ri na tagraidhean tuath-gaoithe, a thug buaidh air coileanadh. Tha coileanadh an sgioba iarrtasan dealbhaidh neo-cheann-taighe nas fheàrr, a' dèiligeadh ri 68.4 sa cheud de iarrtasan neo-cheann-taighe taobh a-staigh dà mhìos, an coimeas ri cuibheasachd an Alba de 46.3 sa cheud.

Seirbheisean spòrs agus cur-seachad

Tha an fhianais a tha ri fhaotainn mu sheirbheisean spòrs agus cur-seachad a' cur coileanadh a rèir na cuibheasachd nàiseanta no nas ìsle. Thug suidhichidhean air leth buaidh air toraidhean ann an 2004/05 agus tha coileanadh a' dol nas fheàrr.

172. Bha ìrean frithealaidh aig amaran-snàmh agus goireasan cur-seachad eile a-staigh am measg an fheadhainn a b' ìsle ann an Alba gach neach ann an 2004/05 agus bha lùghdachadh trì sa cheud agus 13 sa cheud fa leth annta an coimeas ris a' bhliadhna roimhe. Ach, thug grunn nithean buaidh air na figearan sin. Dhùin a' chomhairle an t-seann ionad spòrs ann an Steòrnabhagh san t-Samhain 2004 agus dh'fhosgail i an t-

ionad spòrs ùr air stèidh mean air mhean eadar Samhain 2004 agus Faoilleach 2005. Còmhla ri sin, chan eil an goireas seo fosgailte Didòmhnaich. Rinn na droch stoirmean anns an Fhaoilleach 2005 milleadh air an amar-snàmh an Dalabrog agus thug iad air goireas Bheinn na Fadhla dùnadh airson ceithir seachdainean. 'S e na comharraidhean tràth gu bheil coileanadh a' dol nas fheàrr agus tha a' chomhairle a' sùileachadh tuilleadh leasachaidhean cudromach ann an 2005/06.

173. Chan urrainn don chomhairle cunntas a thoirt air cò mheud neach-cleachdaidh a tha a' toirt leabhraichean às a leabharlannan taobh a-staigh mìnichidhean SPI, suidheachadh a th' air a bhith ann airson iomadh bliadhna. Tha clàran airson ballrachd agus luchd-cleachdaidh ionadan ionnsachaidh aig an t-seirbheis airson a seachd meuran agus trì seirbheisean siubhail ach chan eil siostaman sgrùdaidh èifeachdach airson leabhraichean air iasad. Feumar modhan a chur air bhonn gus am faigh a' chomhairle air a' phàirt bhunaiteach seo de choileanadh leabharlann a riaghladh cho math ri gnìomhan eile air feadh na seirbheis. Tha an cion fiosrachaidh bunaiteach seo air rianachd ga cumail bho bhith a' leasachadh sheirbheisean agus feumar aghaidh a chur air gus dèanamh cinnteach gun tèid coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh agus dleastanasan reachdail feabhas luach.

Leasachadh eaconamach

Tha an t-seirbheis leasachadh eaconamach ag obrachadh gu math còmhla ri buidhnean com-pàirteachais agus tha targaidean plana gnìomhachais soilleir aice.

174. Tha an dleastanas leasachadh eaconamach cudromach ann an cur ri amasan na comhairle airson cumail suas choimhearsnachdan agus an eaconamaidh. Tha an t-seirbheis ag obair gu math còmhla ri com-pàirtichean, gu h-àraidh Iomairt nan Eilean Siar (WIE). Tha an dà bhuidheann air obrachadh còmhla gus dèanamh cinnteach nach bi ann ach glè bheag de dhùblachadh sheirbheisean, leis a' chomhairle a' suidheachadh frèam agus clàr-gnothaich poileasaidh, agus WIE a' toirt aire shònraichte do phròiseactan ro-innleachdail agus toirt seachad stòrasan calpa (gu tric le tabhartasan bhon chomhairle agus com-pàirtichean eile). Thug a' chomhairle taic gnìomhachais agus maoinachadh teachd-a-steach agus tòiseachaidh do ghnìomhachasan beaga.
175. Tha an t-seirbheis ag obrachadh aig grunn ìrean. Aig an ìre ro-innleachdail, mar eisimpleir, tha i air a bhith a' gluasad air adhart clàr-gnothaich *Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd*, agus aig ìre phearsanta tha i a' toirt taic do ghnìomhachasan ionadail, le comhairle mu ghnìomhachas agus trèanadh agus tro sgeama barrantais airson iasadan air a h-obrachadh còmhla ri Banca Rìoghail na h-Alba. ann an roinn mar na h-Eileanan Siar tha comas aig an taic gnìomhachais agus

sanasachd sheirbheisean air an tabhann leis a' chomhairle agus a com-pàirtichean buaidh mhòr a thoirt air eaconamaidh choimhearsnachdan ionadail.

176. Tha targaidean soilleir aig an t-seirbheis anns a' phlana gnìomhachais aice mun àireamh de ghnìomhachasan dham bheil i ag iarraidh taic a thoirt tro na diofar sgeamaichean agus sheirbheisean, ach mar sheirbheisean eile, tha fios aice gum feum i barrachd a dhèanamh gus am faicear buaidh na h-obrach aice san fharsaingeachd.


Còmhdhail

Tha còmhdhail anns na h-Eileanan Siar air a thighinn air adhart gu mòr thar nam bliadhnachan bho àite-tòiseachaidh air leth ìosal.

177. Tha còmhdhail na phrìomh chùis do na h-Eileanan Siar mar thoradh air a' chumadh-tìre. Bho na 1970an 's e còmhdhail aon de phrìomh roinnean poileasaidh na comhairle agus tha an lìonradh còmhdhail a th' ann an-dràsta na fhianais air an dealas agus na h-oidhirpean a chuir a' chomhairle agus a com-pàirtichean dhan seo.
178. Rinneadh leasachaidhean mòra ann an ceanglaichean còmhdhail gach cuid a-mach agus a-steach às na h-Eileanan Siar agus air an taobh a-staigh. Chan eil na leasachaidhean sin an urra ris a' chomhairle na h-aonar, ach tha e soilleir le obair ann an com-pàirteachas agus maoineachadh bho thaobh a-muigh agus taobh a-staigh na comhairle, gu bheil e mòran nas fhasa do dhaoine a thighinn dha na h-Eileanan Siar, agus siubhal annta na bha e anns na bliadhnachan a dh'fhalbh.

Eisimpleir 7

Slighe cnàimh-droma nan Eilean Siar



Bun: Làrach-lìn Chomhairle nan Eilean Siar

179. Tha a' chomhairle ag obair ann an com-pàirteachas ri Com-pàirteachas Còmh-dhail Roinnleachdail na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HITRANS) gus a prìomh-amasan còmh-dhail a ghluasad air adhart agus rinn i leasachadh air bun-structair aiseag Bharraigh, slighe cnàimh-droma na Hearadh, na goireasan aig Cidhe Loch nam Madadh agus le bhith a' toirt fiosrachadh nas fheàrr air ullachadh còmh-dhail poblach.
180. Tha turasan adhair a-nis a' tighinn agus a' falbh às na h-Eileanan Siar seachd latha anns an t-seachdain agus tha e comasach cuideachd faighinn gu na h-Eileanan Siar agus siubhal eadar na h-Eileanan seachd latha anns an t-seachdain air aiseig. Tha leasachadh mòr air siubhal taobh a-staigh nan Eilean Siar cuideachd thar nam bliadhnan tro leasachadh drochaid Sgalpaigh agus na cabhsairean aig; Beàrnaraigh, Èirisgeigh, Loch Bì, An Fhadhal a Deas agus Bhatarsaigh agus mòran de chabhsairean beaga eile. Tha a' chomhairle cuideachd ag obrachadh 48 cidheachan agus calaidhean.

181. Tha a' chomhairle air oidhirpean mòra a chur ann an co-òrdanachadh an t-siostam còmh-dhail poblach, a tha ag obrachadh tro mheasgachadh de shlighean air an seirbheiseachadh leis a' chomhairle agus cunnraidhean prìobhaideach. Tha còrr air £150 millean air a dhol dhan bhun-structair còmh-dhail bho dheireadh nan 1970an.
182. Ged a tha adhartas mòr air a dhèanamh tha aithne aig a' chomhairle gu bheil mòran ri dhèanamh gus seirbheisean còmh-dhail a leasachadh, agus tha grunn iomairtean leasachaidh air an comharrachadh ann am planaichean gnìomhachais 2006/07. Tha iad sin a' gabhail a-steach leasachaidhean ri rianachd so-mhain agus cunnairt, rianachd coileanaidh, rianachd pròiseict agus ullachadh seirbheis luchd-cleachdaidh, agus barrachd cudruim air càraidhean san amhairc.

Taigheadas

Tha leasachadh anns an ìre taigheadais agus tha adhartas air a dhèanamh ann an lùghdachadh bochdainn connaidh, ged a tha pìos aca ri dhol fhathast. Tha gluasad thairis taigheadais air stòrasan a thionndadh bho obair leasachaidh agus tha coileanadh seirbheis airson togail màil agus rianachd thaighean falamh air a dhol sìos.

183. Tha a' chomhairle a' gluasad thairis a taigheadas gu Com-pàirteachas Taigheadais nan Eilean Siar (HHP). An uairsin bidh i a' leigeil seachad a dleastanas airson rianachd taigheadais ach a' cumail a dleastanas ro-innleachdail ann an coinneachadh ri feuman taigheadais iomlan nan eilean. Tha còrr air 75 sa cheud de fhearann nan eilean ann an croitearachd, agus thug seo cumadh air suidheachadh taigheadais agus dòigh-beatha mòran eileanaich.
184. Tha iomadh dùbhlann aig na h-Eileanan Siar timcheall air taigheadas. Tha seachd sa cheud de na 969 togalaichean ann an taigheadas iomlan nan eilean, daonnan falamh. Tha a' chuibheasachd de thaighean fo ìre iomchaidh fhathast mòran nas àirde na a' chuibheasachd nàiseanta, a dh'aindeoin adhartas math far an do gheàrr a' chomhairle an àireamh de thogalaichean anns an staid seo sìos dara leth bho 2001. Tha na liostaichean feitheimh airson thaighean aig prìs so-ruigsinn a' fàs; bha 1,041 air an liosta san Lùnastal 2005 's e air a dhol suas bho 920 sa Mhàrt 2005 agus 750 sa Mhàrt 2004.
185. Tha an àireamh de theaghlaichean le bochdainn connaidh air gluasad sìos mar thoradh air barrachd obrach timcheall Warm Deal agus Prògraman Teasachadh Meadhanach agus tabhartasan leasachaidh Riaghaltas na h-Alba, ach le prìsean connaidh a' dol suas anns an dà bhliadhna a chaidh seachad dh'fhaodadh an ìre leasachaidh a bhith nas slaodaiche.
186. Tha na SPlan a' sealltainn gu bheil a' chomhairle a' coileanadh ann an gluasad dhaoine air adhart bho chion dachaigh ach tha an ùine a' toirt thaighean do dhaoine a tha gun dachaigh a' meudachadh.

187. Tha coileanadh na comhairle air lùghdachadh fiachan màil air a dhol nas miosa thar grunn bhliadhnachan. Anns an ùine 31 Màrt 2004 gu 31 Màrt 2005 chaidh fiachan màil theanantan aig an àm seo suas 26 sa cheud, agus bha duilgheadas aig an roinn a' toirt dàta earbsach airson 2004/05 air an tomhas de mhàl a chaidh a chall mar thoradh air taighean falamh.
188. Tha a' chomhairle aig na h-ìrean deireannach ann an gluasad thairis taigheadais. San Dàmhair 2005 thug còrr air dithis às gach triùir de na teanantan a bhòt taic do ghluasad thairis stuic. Bha a' chomhairle an dòchas gun deigheadh an gluasad thairis troimhe ron Mhàrt, ach tha e a-nis air a chur air ais gu Sultain 2006 mar thoradh air duilgheadasan laghail agus le crìochnachadh a' phlana gnìomhachais.
189. Tha riaghladh fad-ùine air dleastanas taigheadais ro-innleachdail na comhairle fhathast ri cho-dhùnadh. Anns a' gheàrr-ùine cumaidh a' Chomataidh Taigheadais a' dol mar a tha e an-dràsta. Thathar a' sùileachadh gum bi ullachadh riaghladh poileataigeach air a cho-dhùnadh aon uair 's gun crìochnaich an ceannard a sgrùdadh air structair na comhairle. Tha an t-seirbheis air gnìomhan ro-innleachdail air a mhìneachadh anns na planaichean gnìomhachais aice gus taic a thoirt do choimhearsnachdan iomallach tro thabhartasan fèin-thogail, gu h-àraidh anns na h-Uibhistean agus na Hearadh, agus le bhith a' piolatadh dòigh dealbhaidh airson taigheadais air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach, ged a tha a dleastanas rianachd taigheadais a' gluasad chun a' chom-pàirteachais ùir, gum faigh i fhathast air coileanadh a mheasadh ris an ro-innleachd taigheadais.
190. Aig an ìre obrachaidh, feumaidh a' chomhairle barrachd beachdachaidh a dhèanamh air ciamar a thèid dèiligeadh ri ceistean luchd-cleachdaidh eadar a' chomhairle agus an com-pàirteachas taigheadais ùir. Bha prìomh phàirt a-riamh aig luchd-obrach taigheadais ann an treòrachadh theanantan troimhe gu seirbheisean eile na comhairle. 'S e ceistean co-cheangailte ri cùisean taigheadais an tomhas as àirde de thaic do luchd-cleachdaidh taobh a-staigh cuid de dh'oifisean sgìre agus feumar feuchainn ri dèanamh cinnteach nach fhaic luchd-còmhnaidh lùghdachadh ann an seirbheis luchd-cleachdaidh fon ullachadh ùir.

Pàirt 4: Dè dh'fheumar a leasachadh?

Tha iomadh dùbhlain mu choinneamh Comhairle nan Eilean Siar ach tha sealladh agus clàr-gnothaich adhartach aice le taic bho bhuill, oifigearan agus com-pàirtichean beothail. Chan eil e soilleir gu bheil stòrasan gan cleachdadh san dòigh as fheàrr agus tha grunn phrìomh shiostaman agus mhodhan gun leasachadh iomchaidh.

Feumaidh a' chomhairle cur an seilbh ann an neartachadh a h-ullachadh airson Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gu bheil i anns an àite as fheàrr airson a h-amasan a choileanadh agus na builean a tha i ag iarraidh airson nan Eilean Siar a libhrigeadh.

Cur air dòigh cultar leasachaidh

191. Tha leasachadh leantainneach ann an seirbheisean poblach agus riaghladh ionadail aig cridhe frèam-obrach poileasaidh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Feumaidh cultar leasachaidh a bhith aig ùghdarrasan ionadail thar gach roinn seirbheis. Feumaidh buill thaghte agus oifigearan aire a thoirt do phrìomh amasan poileasaidh agus feuman luchd-cleachdaidh seirbheis agus coimhearsnachdan, agus a bhith air a stiùireadh le iarrtas a bhith a' coileanadh nan ìrean as àirde a ghabhas ann ain libhrigeadh seirbheis. Iarraidh seo cultar far a bheilear a' comharrachadh agus a' beachdachadh air roinnean a dh'fheumar leasachadh agus anns a bheil deasbad cuideachail air coileanadh seirbheis.
192. Tha dùbhlain mu choinneamh Comhairle nan Eilean Siar mar thoradh air suidheachadh agus sgèile, ach tha i air sealltainn thar nam bliadhnan gun gabh leasachaidhean a dhèanamh nuair a tha cudrom seasmhach air prìomh-amasan. Feumaidh a' chomhairle a-nis barrachd a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil siostaman rianachd stèidhichte airson taic a thoirt don chomas aice air na prìomh-amasan sin a libhrigeadh oir tha mòran dhiubh sin nach robh air an dealbh a rèir feabhas luach.
193. Thug buill thaghte, prìomh oifigearan agus com-pàirtichean na comhairle stiùireadh air amasan ro-innleachdail na comhairle ach feumar barrachd smachd corporra gus dèanamh cinnteach gu bheil co-phàirtean a' bhuidhinn ag obrachadh gu h-èifeachdach còmhla ri chèile agus còmhla ri buidhnean eile gus na h-amasan sin a choileanadh.

194. Chan eil Comhairle nan Eilean Siar air gu leòr a chur an seilbh ann an deagh ullachadh agus stèidheachadh siostaman rianachd a tha buill thaghte, oifigearan, com-pàirtichean agus luchd-com-pàirt eile a' tuigsinn, mar dhòigh air leasachadh a ghluasad air adhart tro gach obair a bhuineas don chomhairle ann an dòigh eagarach. Gu sònraichte tha cion ullachadh rianachd coileanaidh teann a' ciallachadh nach urrainn don chomhairle comharrachadh far a bheil barrachd feum air leasachadh no measadh a dhèanamh air a bheil stòrasan gan cleachdadh gu h-èifeachdach. A dh'aindeoin seo tha grunn de na bunaitean Feabhas Luach eile stèidhichte – stiùireadh ro-innleachdail, sealladh agus stiùbhartachd ionmhasail fallain – air am faodar leasachaidhean ri teachd a thogail.
195. Feumaidh a' chomhairle a coileanadh a leasachadh ann an grunn sheirbheisean a tha a' toirt buaidh air cuid de na buidhnean as so-leònte taobh a-staigh nan coimhearsnachdan gam bheil i a' toirt seirbheis. Tha e riatanach gum bi buill thaghte agus prìomh oifigearan na comhairle a' cur an dleastanasan sgrùdaidh agus coileanaidh anns na seirbheisean sin ann an òrdugh tàbhachd. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir don chomhairle feuchainn ri tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air an fhiosrachadh air rianachd a bhios a' dol gu buill thaghte agus oifigearan. Mar iomadh comhairle eile, feumaidh a' chomhairle cuideachd a h-ullachadh airson aithisgean coileanaidh poblach a leasachadh gus dèanamh cinnteach gum bi a' mhòr-shluagh a' faighinn fiosrachadh cothromach ann an diofar cruth so-ruigsinn gus am faighear air coileanadh na comhairle a bhreithneachadh.
196. Tha a' chomhairle air tòiseachadh a' dèanamh beagan adhartais ann an dealbh a h-ullachadh rianachd ach tha grunn nithean ann a dh'fheumas deagh aire, a' gabhail a-steach:
- cur ri chèile siostam agus cultar rianachd coileanaidh làidir
 - cur ri chèile modhan airson co-chomhairleachadh coimhearsnachd eagarach don chomhairle agus a com-pàirtichean
 - cur ri chèile buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a stòrasan air an stiùireadh a dh'ionnsaigh ceàrnaidhean le prìomhachas
 - cur ri chèile ullachadh seirbheis agus cùraim luchd-cleachdaidh
 - leasachadh air iomadh pàirt de dhealbhadh luchd-obrach agus rianachd agus leasachadh luchd-obrach, dealbhadh rianachd so-mhaoin agus prìomhachas agus cleachdadh ICT
 - ath-sgrùdadh nan structairean poileataigeach agus riaghlaidh agus buileachadh molaidhean aontaichte
 - cur ri chèile agus cur an sàs an ullachaidh airson dealbhadh gnìomhachais agus rianachd cunnairt nan roinnean

197. Tha an clàr-gnothaich leasachaidh a leanas a' comharrachadh prìomh-amasan gnìomha san fhad-ùine agus ùine meadhain dealbhte gus cuideachadh na comhairle a' cur cudrom air roinnean airson leasachaidh. Tha iad airson cuideachadh a thoirt don chomhairle a' comharrachadh nan roinnean far am bu chòir dhi tòiseachadh a' cur an seilbh. Tha am plana leasachadh seo dealbhte gus togail air na bunaithean a th' ann a-cheana agus a bhith na bhunait airson sgrùdadh agus cumail sùil a nì neach-sgrùdaidh na comhairle bhon taobh a-muigh thar nan trì bliadhna ri teachd.

Clàr-gnothaich leasachaidh do Chomhairle nan Eilean Siar

Priomh-amas grad-ùine

- Cur ri chèile ullachadh rianachd coileanaidh a nì cinnteach gu bheil a' chomhairle a' coileanadh a h-amasan agus a' leasachadh sheirbheisean do luchd-cleachdaidh.
- Ullachadh fòram do bhuill gus poileasaidh ro-innleachdail a dhealbh a bheir cothromachadh nas fheàrr eadar suidheachadh poileasaidh agus sgrùdadh obrach.
- Beachdachadh air ciamar a bheireadh barrachd mhodhan co-chomhairleachaidh eagarach deagh fhiosrachadh air prìomh-amasan agus coileanadh gus cur ris an ullachadh a th' ann airson co-chomhairleachaidh agus co-obrachaidh.
- Cur ri chèile buidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh gus dèanamh cinnteach gum bi stòrasan a' cur cudrom air prìomh-amasan.
- Leasachadh air smachd corporra, gabhail ri ìrean rianachd leasaichte agus measadh air prìomh oifigearan mu phrìomh chomasan stiùiridh agus rianachd.
- Cur ri chèile dòigh-obrach airson dealbhadh agus leasachadh luchd-obrach, gu h-àraidh dealbhadh còir-sheilbh, gus taic a thoirt do leasachadh a' chomais air amasan na comhairle a libhrigeadh.
- Crìochnachadh agus buileachadh an sgrùdadh air structairean poileataigeach agus riaghlaidh, a rèir raointean-ama a tha san amhairc, gus dèanamh cinnteach gum bi iad a' comharrachadh agus a' toirt taic do choileanadh adhartach na comhairle agus meudachadh nan comasan a th' ann a-cheana.
- Toirt a-steach ro-innleachd dealbhaidh corporra airson rianachd so-mhaoin.
- Stèidheachadh dàimh obrach èifeachdach ri Bòrd Slàinte nan Eilean Siar aig ìre ball agus oifigear.

Priomh-amas meadhan-ùine

- Libhrigeadh nan iomairtean Rianachd Dàimh Luchd-cleachdaidh a tha san amhairc.
- Tuilleadh leasachaidh air PPR gus dèanamh cinnteach gun toir e cunntas cothromach air coileanadh na comhairle, air aithris ann an diofar chruthan so-ruigsinn.
- Meudachadh na h-aire a thathar a' toirt do chur an sàs riatanasan co-ionannachd sios tron bhuidheann agus cur ri chèile siostaman sgrùdaidh a bhios a' sealltainn gèilleadh agus buil.
- Cumail a' cur an sàs ullachadh na comhairle a thaobh dealbhadh gnìomhachais agus rianachd cunnairt roinneil.
- Dèanamh cinnteach gum bi sgrùdaidhean feabhas luach a' cur aghaidh air cùisean bunaitich ann an seirbheisean agus a' leantainn gu fìor leasachaidhean ann an èifeachdas agus comas seirbheis.

- Buileachadh modh ro-innleachdail èifeachdach airson leasachaidhean ICT a' dèiligeadh ri amasan agus prìomh-amasan iomlan na comhairle agus a coimhearsnachdan.
- Leasachadh air rianachd ullachadh ath-chuairteachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi sgrùdadh èifeachdach air an obair aig ìrean bho thaobh a-staigh agus bho thaobh a-muigh na comhairle le sùil ri dhol thar nan targaidean.

Comhairle nan Eilean Siar

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh
Coimhearsnachd



If you require this publication in an alternative format and/or language, please contact us to discuss your needs. It is also available on our website: www.audit-scotland.gov.uk

Audit Scotland
110 George Street
Edinburgh EH2 4LH

Telephone
0845 146 1010
Fax
0845 146 1009

www.audit-scotland.gov.uk

ISBN 1 905634 30 7